

Bòrd na Gàidhlig

A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Dimàirt 06/02/2024 09.30 – 12.30

Tro Teams

CLÀR-GNOTHAICH

SEISEAN FOSGAILTE		Policy & Resources Committee	
CÙISEAN TÒISEACHAIDH		Tuesday 06/02/2024 09.30 – 12.30	
1.0		AGENDA	
1.1 Fàilte is Leisgeulan		OPEN SESSION	09.30
1.2 A' nochdadh Chom-pàirtean		OPENING ITEMS	09.30-09.35
<i>Bu chòir do Bhuill com-pàirt ionmhasail no neo-ionmhasail a th' aca ann an cùis sam bith air am bithear a' beachdachadh a chlàradh, le bhith a' comharrachadh na puinge buntainniche agus an t-seòrsa com-pàirt a th' aca.</i>		Welcome & Apologies	
1.3 GISBE		Declarations of Interest	
Bu chòir iartras sam bith airson puingean eile a chur fo GISBE a chur gu Cathraiche na Comataidh ron choinneimh.		<i>Members should declare any financial and non-financial interest they have in the items of business for consideration, identifying the relevant agenda item, and the nature of their interest.</i>	
2.0 IONMHAS		AOCB	
2.1 Airson Fiosrachadh*		<i>Any items for AOCB should be sent for consideration to the Committee Chair prior to the meeting.</i>	
Aithisg Ionmhais gu 31/12/2023		FINANCE	
<i>Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Chùisean Corporra</i>		For Information*	d. 3
2.2 Ri Aontachadh		Finance Statement to 31/12/2023	
Prìomhachasan Maoin Phlanaichean Gàidhlig 24/25		<i>Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs</i>	
<i>Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan</i>		For Decision	d. 6
2.3 Airson Fiosrachadh		Priorities of Gaelic Plans Fund 24/25	
Adhartais nam Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh 23/24		<i>Steven Kellow, Funding & Projects Manager</i>	
<i>Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan</i>		For Information	d. 11
2.4 Airson Fiosrachadh*		Progress of Delivery Partners 23/24	
Aithris labhairteach air Lìonra Oifigearan Coimhearsnachd Gàidhlig		<i>Steven Kellow, Funding & Projects Manager</i>	
<i>Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh</i>		For Information*	d. 21
		Verbal report on the Gaelic Community Officers Network	
		<i>Iain MacMillan, Director of Development</i>	
3.0 CLEACHDADH		USAGE	
3.1 Ri Aontachadh		For Decision	d. 30
Planaichean Gàidhlig		Gaelic Language Plans	
PT1 PGR040 E03 Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba		PT1 PGR040 E03 National Galleries of Scotland	
<i>Christie NicIleathain, Manaidsear Phlanaidh</i>		<i>Christie MacLean, Planning Manager</i>	
3.2 Ri Aontachadh		For Decision	d. 57
Prìomhachasan Ro-innleachdail		Strategic Priorities	
PT1 PGR073 E01 UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall		PT1 PGR073 E01 UHI North, West and Hebrides	
<i>Christie NicIleathain, Manaidsear Phlanaidh</i>		<i>Christie MacLean, Planning Manager</i>	
4.0 IONNSACHADH		LEARNING	
4.1 Airson Fiosrachadh*		For Information*	d. 60
Àireamhean Foghlam – Clann is Inbhich		Education Figures – Children and Adults	
<i>Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim</i>		<i>Jennifer McHarrie, Director of Education</i>	
4.2 Airson Fiosrachadh*		For Information*	d. 62
Adhartas air Foghlam Àrd-sgoile		Progress with Secondary School Education	
<i>Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim</i>		<i>Jennifer McHarrie, Director of Education</i>	
4.3 Airson Fiosrachadh*		For Information*	d. 65
Adhartas air a' trusadh agus a' glèidheadh luchd-teagaisg		Progress on recruiting and retaining teachers	
<i>Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim</i>		<i>Jennifer McHarrie, Director of Education</i>	
5.0 CORPORRA		CORPORATE	
5.1 Ri Aontachadh		For Decision	d. 67
Poileasaidhean Daonna		HR Policies	
PT1 Poileasaidh Trusaidh		PT1 Recruitment Policy	d. 69
PT2 Poileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-gabhaltas		PT2 Equality, Diversity and Inclusion Policy	d. 77
PT3 Poileasaidh Siubhail is Cosgaisean		PT3 Travel and Subsistence Policy	d. 88
PT4 Poileasaidh Obrachadh Sùbailte		PT4 Flexible Working Policy	d. 109
PT5 Poileasaidh Fòrladh is Fòrladh Sònraichte		PT5 Leave and Special Leave Policy	d. 123
<i>Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan</i>		<i>Karen Smith, Operations Manager</i>	
6.0 PLANA OBRACH NA COMATAIDH		COMMITTEE WORK PLAN	

6.1	Ri Aontachadh Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan PT1 Plana obrach 2023/24 PT2 Plana obrach 2024/25 <i>Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard</i>	For Decision Policy & Resources Committee Work Plan PT1 Work plan 2023/24 PT2 Work plan 2024/25 <i>Ealasaid MacDonald, Ceannard</i>	d. 137
7.0	GNOTHACH IOMCHaidH SAM BITH EILE Ceann-latha na h-ath choinneimh: 07/05/2024	ANY OTHER BUSINESS Date for the next meeting: 07/05/2024	
8.0	TAISBEANADH Acair	PRESENTATION Acair	

Pàipearan Fiosrachaidh

Tha pàipearan 'Airson Fiosrachadh' airson toirt-fa-near agus chan eil ùine deasbaid no còmhraidh air a chur mun coinneamh sa chlàr-ghnothaich.

Far a bheil cothrom ann deasbad is còmhraidh a chumail air pàipearan 'Airson Fiosrachadh', bidh na pàipearan sin air an comharrachadh le rionnag * air a chlàr-ghnothaich.

Bidh cothrom aig Buill deasbad iarraidh air pàipearan 'Airson Fiosrachadh' air nach eil rionnag * le bhith a' leigeil fios do Chathraiche a' Chomataidh co-dhiù latha ron choinneimh.

Far a bheil ceistean aig Buill co-cheangailte ri leithid clàr-ghnìomhan, poileasaidhean, planaichean no cùisean ionmhais a th' anns na pàipearan, thathar gam brosnachadh gus na ceistean sin a chur air post-d gu oifis@gaidhlig.scot co-dhiù dà latha obrach ron choinneimh. Cuiridh an sgioba rianachd a' cheist sin air adhart chun an oifigeir iomchaidh airson freagairt, agus airson a bhith cothromach thèid an fhreagairt a' sgaoileadh air na Buill gu lèir gus am bi an aon thuigse an uair sin aig a h-uile neach.

For Information Papers

'For Information' papers are for noting and time for debate or discussion is not allocated in the agenda.

Where there is an opportunity to debate and discuss 'For Information' papers, these papers will be marked with an asterisk * on the agenda.

Members will have the opportunity to request a discussion on unstarred 'For Information' papers * by notifying the Chair of the Committee at least one day in advance of the meeting.

Where Members have questions related to items such as agendas, policies, plans, or financial matters contained in the papers, they are encouraged to email these questions to oifis@gaidhlig.scot at least two working days in advance of the meeting. The administrative team will forward that question to the appropriate officer for an answer, and in the interests of fairness, the answer will be circulated to all Members so that everyone has the same understanding



For	Policy and Resources Committee
Date of Meeting	06/02/2024
Location:	Online
Item on Agenda	2.1

Paper Title	Finance Report to 31 December 2023																			
Recommendation	For Information *																			
Spokesperson	Nicola Pearson, Head of Finance & Corporate Affairs																			
Governance Route	Date of Meeting	Decision																		
Leadership Team	25/01/2024	For Information																		
Appendices:	PT1 – Finance Report																			
1.0	Purpose																			
1.1	To give information to the Committee on the financial position as at 31 December 2023. The paper is in English as it will be presented by the Head of Finance and Corporate Affairs.																			
2.0	Background																			
2.1	Bòrd na Gàidhlig has a total budget of £5,622k for the financial year 2023/24. This is the baseline Grant in Aid (GiA) of £5,179k plus additional GiA for this year of £345k and £98k brought forward from the last financial year. The adjusted high level income and expenditure budgets are detailed below: <table style="width: 100%; border-collapse: collapse;"> <tr> <td style="width: 60%;">Income:</td> <td style="text-align: right;">£m</td> </tr> <tr> <td>Grant-in-aid</td> <td style="text-align: right;">5.524</td> </tr> <tr> <td>Other income</td> <td style="text-align: right;">0.098</td> </tr> <tr> <td>Total</td> <td style="text-align: right;">5.622</td> </tr> <tr> <td colspan="2"> </td> </tr> <tr> <td>Expenditure:</td> <td style="text-align: right;">£m</td> </tr> <tr> <td>Development</td> <td style="text-align: right;">3.790</td> </tr> <tr> <td>Running Costs</td> <td style="text-align: right;">1.832</td> </tr> <tr> <td>Total</td> <td style="text-align: right;">5.622</td> </tr> </table>		Income:	£m	Grant-in-aid	5.524	Other income	0.098	Total	5.622	 		Expenditure:	£m	Development	3.790	Running Costs	1.832	Total	5.622
Income:	£m																			
Grant-in-aid	5.524																			
Other income	0.098																			
Total	5.622																			
Expenditure:	£m																			
Development	3.790																			
Running Costs	1.832																			
Total	5.622																			
3.0	Main Points																			
3.1	To the end of December 2023, total spend was £250k behind budget. This was driven by Development cost spend which was underspent by £228k. This was added to by an £22k underspend in running costs to the end of December.																			
4.0	Recommendation																			
4.1	Members are requested to consider the report and note the information.																			
5.0	Main Strategic Impacts																			
5.1	Impact on Finance																			
	As described above.																			

5.2	Impact on Staff			
	N/a			
5.3	Impact on Training			
	N/a			
5.4	Links to Strategic and Corporate Aims			
	This paper supports the Committee in fulfilling the aims for the year.			
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta/ Links to the National Performance Framework			
	Our Purpose		Our Values	
	To focus on creating a more successful country with opportunities for all of Scotland to flourish through increased wellbeing, and sustainable and inclusive economic growth		We are a society which treats all our people with kindness, dignity and compassion, respects the rule of law, and acts in an open and transparent way	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Human Rights	<input type="checkbox"/>	Children & Young People	<input type="checkbox"/>
	Culture	<input type="checkbox"/>	Communities	<input type="checkbox"/>
	Environment	<input type="checkbox"/>	Poverty	<input type="checkbox"/>
	Health	<input type="checkbox"/>	International	<input type="checkbox"/>
	Learning	<input type="checkbox"/>	Economy	<input checked="" type="checkbox"/>
	Successful innovative businesses	<input checked="" type="checkbox"/>		
5.6	Buaidhean air Cliù/Impacts on Reputation			
	It is important the BnG continues to demonstrate effective management of its finances.			
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd/Impacts on Health and Safety			
	N/a			
5.8	Buaidhean Laghail/Legal Impacts			
	N/a			
5.9	Buaidhean air Co-ionannas/Impacts on Equality			
	N/a			
5.10	Buaidhean air Àrainneachd/Impacts on the Environment			
	N/a			

31 December 2023

		TO 31.12.23				FULL YEAR PROJECTION						
		BUDGET £'000	ACTUAL £'000	VAR £'000	VAR %	BUDGET £'000	ACTUAL £'000	ACTUAL + COMMITTED £'000	EAU £'000	FORECAST £'000	VAR £'000	VAR %
FUNDING / INCOME	Funding brought forward	98	98	0	0%	98	98	98	-	98	0	0%
	Grant in Aid	4,210	4,210	0	0%	5,425	4,210	4,210	-	5,425	0	0%
	Other Grant In Aid	99	99	0	0%	99	99	99	-	99	0	0%
	Reclaimed Funding	-	-	0	0%	-	-	-	-	-	0	0%
	TOTAL AVAILABLE BUDGET	4,407	4,407	0	0%	5,622	4,407	4,407	-	5,622	0	0%
EXPENDITURE	Gaelic Usage	1,544	1,515	-29	-2%	1,890	1,515	1,945	142	2,087	197	10%
	Gaelic Learning	1,234	1,112	-122	-10%	1,546	1,112	1,347	41	1,388	-158	-10%
	Gaelic Promotion	298	221	-77	-26%	354	221	265	50	315	-39	-11%
	TOTAL DEVELOPMENT COSTS	3,076	2,848	-228	-7%	3,790	2,848	3,557	233	3,790	0	0%
	Staff Costs	1,038	1,039	1	0%	1,410	1,039	1,396	-	1,396	-14	-1%
	Other Running Costs	313	290	-23	-7%	422	290	386	50	436	14	3%
	TOTAL RUNNING COSTS	1,351	1,329	-22	-2%	1,832	1,329	1,782	50	1,832	0	0%
TOTAL COSTS	4,427	4,177	-250	-6%	5,622	4,177	5,339	283	5,622	0	0%	

*Committed funds are those that have had approval, purchase order raised and contract sent to client.

**EAU – expected additional utilisation – funds allocated to a specific project but approval, purchase order and contract not yet in place.



A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	06/02/2024
Àite:	Air MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.2

Tìotal a' Phàipeir	Prìomhachasan Maoin Phlanaichean Gàidhlig 2024/25	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	24/01/2024	Ri Aontachadh
Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan	06/02/2024 (Seisean fosgailte)	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – Fios air taic-airgid aig buidhnean tro Mhaoin Phlanaichean Gàidhlig/GLAIF 2018-24	
1.0	Adhbhar	
1.1	A' sireadh aonta bho Bhuill na Comataidh air na prìomhachasan is riaghailtean airson sgeama Maoin Phlanaichean Gàidhlig 2024/25.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	'S e Maoin Phlanaichean Gàidhlig a' phrìomh mhaoin aig Bòrd na Gàidhlig gus taic a chumail ri buidhnean poblach, agus 's e seo an sgeama bliadhna as motha aig Bòrd na Gàidhlig a thaobh buidseat.	
2.2	Chaidh a' mhaoin seo a stèidheachadh ann an 2008 fon ainm GLAIF (Gaelic Language Act Implementation Fund) gus taic a chumail ri buidhnean ann a bhith a' cur an gnìomh nan ciad planaichean Gàidhlig aca.	
2.3	Fhuair 36 pròiseactan taic tro sgeama Maoin Phlanaichean Gàidhlig 2023/24, le luach iomlan de £457,927 san taic.	
2.4	Tha an sgeama seo a' dèanamh feum den chuid as motha den bhuidseat shònraichte a tha Bòrd na Gàidhlig a' faighinn bho Riaghaltas na h-Alba airson leasachadh ro-innleachdail, is seo aig ìre £1.14m ann an 2022/23 is dùil ri suim coltach ris ann an 2024/25.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Thathar a' moladh gun tèid sgeama Maoin Phlanaichean Gàidhlig a ruith ann an dà shruth am-bliadhna: <ul style="list-style-type: none"> • Sruth Ùghdarrasan Ro-innleachdail: Taic ri faighinn suas ri 3-bliadhna airson 6 ùghdarrasan ionadail, is taic ri faighinn airson prògraman-obrach seach pròiseactan • Sruth Phròiseactan: Taic ri faighinn airson 1-bliadhna do dh'ùghdarrasan sam bith nach fhaigh taic tron t-Sruth Ùghdarrasan Ro-innleachdail, is taic ri faighinn airson pròiseactan 	
3.2	Thathar a' moladh gum faigh na 6 ùghdarrasan ionadail cothrom taic fhaighinn tron t-Sruth Ùghdarrasan Ro-innleachdail: Comhairle nan Eilean Siar, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, Comhairle Baile Ghlaschu, Comhairle Baile Dhùn Èideann is Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath.	

3.3	Is iad seo na 6 ùghdarrasan ionadail far a bheil na h-àireamhan as motha de sgoilearan air clàradh ann am foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig (a rèir Dàta Foghlaim 2022-23) is iad am measg nam buidhnean a tha a' faighinn na taic as motha tro sgeama Maoin Phlanaichean Gàidhlig/GLAIF sna 5 bliadhna a dh'fhalbh (tha fios ri fhaighinn air seo ann am PT1).
3.4	Thathar an dùil le seo gu bheil cothroman sònraichte aig na h-ùghdarrasan ionadail seo gnìomhan ro-innleachdail a choileanadh airson Gàidhlig sna sgìrean aca, is gum biodh buannachd ann dhaibh a bhith ag obair air bunait nas fhaide de 3 bliadhna is cuideachd le bhith a' toirt air sgiobaidhean taobh a-staigh nan ùghdarrasan aon phrògram-obrach aontachadh seach pròiseactan fa-leth.
3.5	Le sgeama na bliadhna seo thathar an dùil tuilleadh cuideim a chur air mar a tha na h-iarrtasan a' cur an gnìomh planaichean Gàidhlig nan ùghdarrasan, is a' toirt buaidh air leasachadh na Gàidhlig anns na sgìrean aca seach fòcas a bhith air stuthan corporra taobh a-staigh an ùghdarras fhèin. Thathar an dùil gur ann tron amas seo a thig a' bhuannachd as motha a thaobh cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig.
3.6	Bidh aig ùghdarrasan ri builean is targaidean ainmeachadh airson nam pìosan obrach aca is a bhith a' sealltainn mar a bhios seo a' toirt buaidh air comasan an ùghdarrasan na seirbheisean aca libhrigeadh do luchd na Gàidhlig, is a bhith a' mìneachadh mar a bhios iad a' tomhas na buaidh seo.
3.7	Thathar cuideachd an dùil riaghailt ùr a thoirt a-steach gum bi taic ri faighinn airson dreuchdan sònraichte air ìsleachadh bliadhna-air-bliadhna bho 80% ann am bliadhna 1 is 2, gus 66% ann am bliadhna 3, 33% ann am bliadhna 4 is gun taic ann am bliadhna 5. Tha seo ann airson barrachd uallaich a chur air ùghdarrasan airson dreuchdan is obair àbhaisteachadh taobh a-staigh na h-obrach aca.
3.8	<p>Airson an dà shruth, thèid measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan a rèir:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Mar a tha iad a' cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig aca • Mar a tha iad a' cur an gnìomh Plana Nàiseanta 2023-28 • Mar a tha iad a' toirt seachad luach an airgid airson taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig • Mar a tha iad a' sealltainn gum bi co-obrachadh ann taobh a-staigh an ùghdarras agus le ùghdarrasan eile agus/no buidhnean sa choimhearsnachd tron obair aca • Mar a tha an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil iad comasach air a bhith a' libhrigeadh a' phròiseict • Mar a tha an t-iarrtas a' sealltainn gu bheil a' bhuidheann mothachail air na dleasan aca a thaobh a bhith ag aithneachadh taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig, brosnachadh co-ionannachd is Pàrantan Corporra agus lùghdachadh buaidh air an àrainneachd
3.9	Thathar an dùil le seo gun tèid na h-iarrtasan Sruth Ùghdarrasan Ro-innleachdail a chur mu choinneimh a' Bhùird-stiùiridh san t-Sultain 2024 airson co-dhùnadh a dhèanamh orra, is gun tèid beachdachadh air a' chòrr de dh'iarrtasan leis an Sgioba-stiùiridh (leis gu bheil luach nan tabhartasan sin fo ìre £50k).
3.10	Thathar an dùil gum bi buidseat uile-gu-lèir de mu £450k ann airson an sgeama gach bliadhna (tha seo timcheall air an t-suim a bha air a toirt seachad ann an 22/23 is 23/24), is £280k ri fhaighinn do na h-ùghdarrasan fo sgèith Sruth nan Ùghdarrasan Ro-innleachdail is £170k airson an sgeama fhosgailte do bhuidhnean eile.
3.11	Bidh na suimeannan ri fhaighinn do na 6 ùghdarrasan fon Sruth nan Ùghdarrasan Ro-innleachdail a-rèir àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig sna sgìrean aca, an àireamh sa cheud den slugh sna sgìrean seo a aig a bheil Gàidhlig, an àireamh sgoilearan ann am foghlam tro

Seisean Fosgailte

Cuspair 2.2

3.12	mheadhan na Gàidhlig sna sgìrean agus cuideachd na suimeanna a tha na h-ùghdarrasan air fhaighinn tron Mhaoin Planaichean Gàidhlig/GLAIF sna 5 bliadhna a dh' fhalbh.	
3.13	Taobh-a-muigh an sgeama, thathar an dùil còmhraidhean a chumail le Comhairle na Gàidhealtachd a thaobh a' phròiseict taic tràth-ìrean aca (a fhuair taic luach £50,000 ann an 2023/24) airson gu bheil dòigh-obrach nas seasmhaiche ann airson an obair seo a choileanadh. Thathar a' moladh clàr-ama mar seo airson an dà shruth:	
	Sruth Phròiseactan	Sruth Ùghdarrasan Ro-innleachdail
	Fosgladh	12 Gearran 2024
	Seiseanan/coinneamhan fiosrachaidh	Anmoch sa Ghearran 2024
	Ceann-là dùnaidh	18 Giblean 2024
	Measadh	Giblean/Cèitean 2024
	Co-dhùnaidhean	Ògmhios 2024
	Pròiseactan a' tòiseachadh	Lùnastal 2024
	Pròiseactan a' crìochnachadh	Lùnastal 2025
		26 Gearran 2024
		Màrt 2024
		30 Cèitean 2024
		Ògmhios-Lùnastal 2024
		Sultain 2024
		Dàmhair 2024
		Sultain 2027
3.14	Thathar a' cur fàilte air beachdan bho Bhuill air prìomhachasan is amasan na sgeama.	
4.0	Moladh	
	Thathar ag iarraidh air Buill a bhith:	
4.1	A' toirt fa-near dhan fhiosrachadh sa phàipear agus ann am PT1.	
4.2	Ag aontachadh ris na riaghailtean is prìomhachasan airson sgeama Maoin Phlanaichean Gàidhlig mar a chaidh ainmeachadh.	
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach	
5.1	Buidhean air Ionmhas	
5.1.1	Bidh na sgeamaichean seo taobh a-staigh buidseatann 2024/25 is 2025/26 (a tha ri aontachadh), is thathar an dùil gum bi na cosgaisean gus an sgeama seo a ruith coltach ri cosgaisean 2022/23.	
5.2	Buidhean air Luchd-obrach	
5.2.1	Bidh luchd-obrach an sàs ann a bhith sanasachd nan sgeamaichean, ag obair le buidhnean a tha a' cur iarrtasan a-steach, a' measadh nan iarrtasan, is an uair sin a' cur aontaidhean air dòigh is a bhith ag obair le buidhnean a tha soirbheachail.	
5.2.2	Thathar an dùil gun tèid coinneamhan poblach a chur air dòigh airson gach sgeama gus am bi cothrom ann do dhaoine fios fhaighinn air na sgeamaichean, is coinneamhan sònraichte le ùghdarrasan a tha comasach taic fhaighinn tro Sruth nan Ùghdarrasan Ro-innleachdail gus bruidhinn riutha air cothroman an lùib nan iarrtasan aca.	
5.3	Buidhean air Trèanadh	
	Chan eil gin ann.	
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra	
5.4.1	Bidh ceanglaichean air an togail anns na h-aontaidhean aig na buidhnean ri Plana Chorporra 2024-28 aig Bòrd na Gàidhlig is bidh aig gach buidheann ri ainmeachadh mar a bhios iad a' cur amasan a' Phlana Nàiseanta an gnìomh.	
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta	
	AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd,	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha,

Seisean Fosgailte
Cuspair 2.2

	agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
	Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann <input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan <input checked="" type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn <input type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta <input checked="" type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh <input type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		<input checked="" type="checkbox"/>
5.6	Buidhean air Cliù		
5.6.1	Bidh e a' cur ri cliù na buidhne gu bheil dòigh-obrach nas ro-innleachdaile ann airson a bhith a' coimhead air mar a tha airgead tron sgeama air a chosg is gu bheil fòcas air gnìomhan a bhios a' dèanamh diofar air leasachadh na Gàidhlig.		
5.6.2	Dh'fhaodadh buaidh a bhith ann le cuid de dh'ùghdarrasan a' faireachdainn gum bu chòir dhaibh a bhith a' faighinn taic tro Sruth nan Ùghdarrasan Ro-innleachdail, ach thathar den bheachd gur iad seo na buidhnean far a bheil an dòigh as fheàrr a bhith a' tomhas buaidh aontaidhean nas fhaide is nas ro-innleachdaile leis gu bheil an uimhir luchd-labhairt na Gàidhlig anns na sgìrean seo.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		
	Chan eil gin ann.		
5.8	Buidhean Laghail		
	Chan eil gin ann		
5.9	Buidhean air Co-ionannas		
	Thèid measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan uile le aon de na slatan-tomhais airson prìomhachas a chur air iarrtasan a tha a' cur air adhart co-ionannas agus cothroman do chlann a tha, no a tha air a bhith, fo chùram, a rèir Plana Pàrantan Corporra aig Bòrd na Gàidhlig.		
5.10	Buidhean air an àrainneachd		
	Thèid measadh a dhèanamh air na h-iarrtasan uile le aon de na slatan-tomhais airson prìomhachas a chur air iarrtasan a tha mothachail air dòighean gus buaidh air an àrainneachd a lùghdachadh.		

Taic-airgid MPG no GLAIF 2018/19 gu 2023/24								
	2018/19	2019/20	2020/21	2021/22	2022/23	2023/24	IOMLAN	Bliadhna
Buidhnean Uile	£607,730	£744,020	£541,675	£761,147	£461,505	£457,927	£3,574,004	
Comhairle na Gàidhealtachd	£116,850	£128,650	£89,000	£121,500	£101,675	£97,150	£654,825	6/6
Comhairle nan Eilean Siar	£71,250	£131,700	£105,100	£119,250	£52,500	£44,750	£524,550	6/6
Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	£28,325	£44,400	£20,000	£38,620	£32,000	£39,850	£203,195	6/6
Comhairle Baile Dhùn Èideann		£28,500		£55,000	£48,000	£45,000	£176,500	4/6
Comhairle Baile Ghlaschu		£15,000	£26,500	£62,500	£10,200	£20,500	£134,700	5/6
Glaschu Beò	£46,455	£44,850	£23,700	£30,000	£28,000	£40,300	£213,305	6/6
Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath	£29,500		£33,100		£12,000	£11,500	£86,100	4/6
Ughdarrasan Ro-innleachdail	£292,380	£393,100	£297,400	£426,870	£284,375	£299,050	£1,993,175	
Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar	£26,505	£20,600	£32,500	£28,000	£32,000	£15,000	£154,605	6/6
Oilthigh Ghlaschu	£16,625	£25,000	£19,000	£27,000	£21,000	£13,500	£122,125	6/6
Sabhal Mòr Ostaig	£15,200	£26,500	£17,800	£37,000	£3,000	£17,000	£116,500	6/6
Comhairle Fìobha	£67,050	£26,800		£20,700			£114,550	3/6
Oilthigh Obar Dheathain		£18,370	£21,600	£20,000	£24,000	£23,000	£106,970	5/6
Comhairle Pheairt is Cheann Rois	£26,050	£23,100		£45,600			£94,750	3/6
Foghlam Alba			£50,000	£40,000			£90,000	2/6
Leabharlann Nàiseanta na h-Alba		£25,000	£16,250		£25,000	£19,400	£85,650	4/6
UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall		£15,000	£3,000	£13,375	£33,000	£48,000	£64,375	5/6
An Lanntair		£19,800	£15,000	£15,500			£50,300	3/6
Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh	£8,550	£12,000	£12,000		£10,000		£42,550	4/6
Highlands and Islands Students' Association	£25,000			£16,000			£41,000	2/6
VisitAlba	£12,920	£26,000					£38,920	2/6
Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Ear	£14,800	£20,000					£34,800	2/6
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh	£9,500	£12,500	£10,000				£32,000	3/6
NHS Eileanan Siar	£11,780		£20,000				£31,780	2/6
Eaglais na h-Alba	£30,000						£30,000	1/6
Eden Court		£30,000					£30,000	1/6
Poileas Alba	£15,200	£5,700		£7,902			£28,802	3/6
The Adhartas Trust				£26,000			£26,000	1/6
NàdarAlba	£3,800	£1,500	£5,500	£6,500	£6,000		£23,300	5/6
Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean	£5,700	£4,600		£5,000	£7,000		£22,300	4/6
Leasachadh Sgìlean na h-Alba	£5,700	£5,000	£6,000	£5,000			£21,700	4/6
NHS a' Ghàidhealtachd		£20,000					£20,000	1/6
Oilthigh Srath Chluaidh	£6,650	£5,400		£3,000			£15,050	3/6
Comhairle Aonghais			£5,500		£3,600	£3,400	£12,500	3/6
Oilthigh Dhùn Èideann		£5,000		£5,000			£10,000	2/6
Comhairle Baile Dhùn Dè				£3,500		£5,500	£9,000	2/6
Comhairle Moireibh					£2,990	£5,000	£7,990	2/6
Leisure & Culture Dundee	£1,900	£1,200	£1,500		£1,390	£1,440	£7,430	5/6
Àrd-sgoil Greenfaulds	£7,410						£7,410	1/6
General Teaching Council for Scotland			£6,000				£6,000	1/6
Comhairle Siorrachd Rinn Friù						£5,927	£5,927	1/6
Comhairle Dùn Phrìs is Gall-Ghàidhealaibh					£5,750		£5,750	1/6
Comhairle Lodainn an Iar				£5,000			£5,000	1/6
Scottish Fire and Rescue Service	£3,610						£3,610	1/6
Coimisean na Croitearachd		£1,100	£1,100	£1,000			£3,200	3/6
Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean				£3,000			£3,000	1/6
Comhairle Baile Obar Dheathain	£1,400		£1,250				£2,650	2/6
Co-chruinneachadh Ùghdarrasan Ionadail na h-Alba					£2,400		£2,400	1/6
Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear		£750				£720	£1,470	2/6
Comhairle Sruighlea						£990	£990	1/6
Highlands and Islands Airports Limited			£275	£200			£475	2/6
Ùghdarrasan Eile	£315,350	£350,920	£244,275	£334,277	£177,130	£158,877	£1,532,829	



A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	06/02/2024
Àite:	Air MS Teams
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.3

Tìotal a' Phàipeir	Adhartais nam Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh 2023/24	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
Sgioba Stiùiridh	24/01/2024	Ri Aontachadh
Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan	06/02/2024 (Seisean fosgailte)	Ri Aontachadh
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 - Adhartais Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh 2023/24 Pàipear 10.3 – Fios mionaideach air targaidean nam buidhnean	
1.0	Adhbhar	
1.1	A' toirt fiosrachadh dhan Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan air obair nam Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh is air an adhartais aca ann a bhith a' coileanadh nan cùmhnan 2023/24 aca.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Thathar a' cumail taic ri 12 Buidhnean Com-pàirteach Lìbhrigidh ann an 2023/24 le taic-airgid bhliadhnail, is iomradh gu h-ìosal ri fhaighinn air na suimeannan taic-airgid air a thabhann dhaibh:	
	Comunn na Gàidhlig is Comann nam Pàrant	£822,408.47
	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	£325,625
	Comhairle nan Leabhraichean	£193,150
	Fèisean nan Gàidheal	£185,530
	An Comunn Gàidhealach	£128,250
	Ionad Chalum Chille Ìle	£108,775
	SMO – Ainmean-Àite na h-Alba	£85,680
	SMO – Faclair na Gàidhlig	£84,000
	Acair	£61,500
	Ceòlas Uibhist	£59,485
	Theatre Gu Leòr	£58,090
	SMO – Tobar an Dualchais	£42,000
2.2	Tha suimeannan airson Comann na Gàidhlig a' gabhail a-steach airgead air aontachadh ann an co-bhonn le ùghdarrasan ionadail airson nan lomairtean, is tha an suim seo £10,231.53 nas lugha ann an cuid de sgìrean na bha dùil leis gu bheil cuid de na dreuchdan air a bhith bàn.	
2.3	Chan eil na figearan gu h-àrd a' gabhail a-steach airgead air a thabhann taobh a-muigh nan aontaidhean bliadhnail (leithid Spòrs Gàidhlig - £94,926 - no oifigearan tron Sgeama Oifigearan).	
2.4	Tha fiosrachadh sa phàipear seo stèidhichte air na h-aithisgean adhartais as ùire a fhuaras bho na buidhnean (leis a' chuid as motha dhiubh bhon Dàmhair 2023).	

Seisean Fosgailte

Cuspair 2.3

2.5	Tha fiosrachadh mionaideach air adhartais nam buidhnean le na targaidean aca ri fhaighinn ann am pàipear 11.3, is seo air a libhrigeadh san seisean dùinte den choinneimh leis gu bheil iomradh ann air gnothaichean coimearsalta is dìomhair.			
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh			
3.1	Tha obair nam Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh a' dol mar bu chòir san fharsaingeachd aig an ìre seo, a rèir nan aithisgean is fios as ùire a fhuaras bho na buidhnean.			
3.2	Gheibhear gu h-ìosal iomradh air an àireamh targaidean san aonta taic-airgid a tha a' bhuidheann air a choileanadh, no dùil a choileanadh, ro dheireadh bliadhna-ionmhais 2023/24 (is tha seo stèidhichte air beachdan bho na buidhnean le dearbhadh bho oifigearan a' Bhùird far a bheil beachd eadar-dhealaichte ann):			
		Air coileanadh/ Dùil ri choileanadh	Ag obair air / Ceist an tèid coileanadh	Cha tèid / Chan eil e coltach gun tèid a choileanadh
	Comunn na Gàidhlig is Comann nam Pàrant	11	4	1
	Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig	4	4	0
	Comhairle nan Leabhraichean	5	2	0
	Fèisean nan Gàidheal	13	3	0
	An Comunn Gàidhealach	7	2	0
	Ionad Chalum Chille Ìle	8	5	1
	SMO – Ainmean-Àite na h-Alba	3	1	0
	SMO – Faclair na Gàidhlig	2	1	1
	Acair	6	3	0
	Ceòlas Uibhist	4	0	0
	Theatre Gu Leòr	4	3	1
	SMO – Tobar an Dualchais	3	1	2
	IOMLAN	70 (67%)	29 (28%)	6 (6%)
3.3	Tha iomradh mionaideach ri fhaighinn ann am PT1 air targaidean is adhartais aig gach buidheann.			
3.4	San fharsaingeachd tha na buidhnean a' coileanadh nan gnìomhan mu choinneimh an aonta aca. Far nach eil seo air a dhèanamh, 's e duilgheadasan a thaobh dìth-airgid as coireach mar as trice, is a' bhuidheann aig cosgaisean nas àirde air fàgail gu bheil e nas duilghe cuid de gnìomhan a choileanadh.			
3.5	Thathar an dùil airson 24/25 air adhart gum bi atharrachadh ann air mar a tha targaidean is builean nam buidhnean air an cruthachadh gus barrachd fòcas a chur air adhartais is fàs anns an obair aca, seach na gnìomhan a tha iad a' coileanadh, gus am bi buaidh na h-obrach nas fhollaisiche.			
4.0	Moladh			
	Thathar ag iarraidh air Buill:			
4.1	A bhith a' toirt fa-near dhan pàipear seo is dhan fhiosrachadh mionaideach bho gach buidheann ann am PT1.			
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach			
5.1	Buidhean air Ionmhas			
5.1.1	Tha pàighidhean air a dhol a-mach do na Buidhnean Com-pàirteach Libhrigidh san fharsaingeachd mar a bha dùil aig tòiseach na bliadhna gu ruige seo, ach leis an t-suim aig			

Seisean Fosgailte

Cuspair 2.3

	Comunn na Gàidhlig ann an co-bhonn le ùghdarrasan ionadail a bhith nas isle is airgead Faclair na Gàidhlig a' feitheamh air co-dhùnadh air a' mholadh aca a bhith ag atharrachadh mar a chleachdas iad an taic-airgid aca.																																				
5.2	Buidhean air Luchd-obrach																																				
	Tha am Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan is Stiùiriche Leasachaidh a' conaltradh gu tric leis na buidhnean, le taic cuideachd bho Stiùiriche an Fhoghlaim airson cuid de na buidhnean iomchaidh.																																				
5.3	Buidhean air Trèanadh																																				
	Chan eil gin ann.																																				
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra																																				
5.4.1	Tha na buidhnean seo a' cur gu mòr ri comasan Bhòrd na Gàidhlig amasan a' Phlana Chorporra 2018-23 againn a' choileanadh, is ceanglaichean seo fichte a-steach do na h-aontaidhean aca is air fhaicinn sa chlàr PT1.																																				
5.5	Ceanglaichean ri Frèam-obrach Coileanadh Nàiseanta																																				
	<table border="1"> <thead> <tr> <th colspan="2">AR N-ADHBHAR</th> <th colspan="2">AR LUACHAN</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td colspan="2">Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus inghabhalach</td> <td colspan="2">'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach</td> </tr> <tr> <th colspan="4">AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA</th> </tr> <tr> <td>Còraichean daonna</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Clann</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Cultar</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Coimhearsnachdan</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Àrainneachd</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Bochdainn</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Slàinte</td> <td><input type="checkbox"/></td> <td>Eadar-Nàiseanta</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td>Foghlam</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> <td>Eaconamaidh</td> <td><input type="checkbox"/></td> </tr> <tr> <td colspan="3">Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach</td> <td><input checked="" type="checkbox"/></td> </tr> </tbody> </table>	AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN		Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus inghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach		AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA				Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>	Àrainneachd	<input checked="" type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>	Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input checked="" type="checkbox"/>	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>
AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN																																			
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus inghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach																																			
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA																																					
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input checked="" type="checkbox"/>																																		
Cultar	<input checked="" type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>																																		
Àrainneachd	<input checked="" type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>																																		
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-Nàiseanta	<input checked="" type="checkbox"/>																																		
Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>																																		
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach			<input checked="" type="checkbox"/>																																		
5.6	Buidhean air Cliù																																				
5.6.1	Tha obair nam buidhnean seo a' cur ri cliù Bhòrd na Gàidhlig nuair a tha iad soirbheachail leis an obair aca is ag aithneachadh taic-airgid bhuainn.																																				
5.6.2	Far nach eil buidhnean a' coileanadh nan amasan aca, dh'fhaodadh seo droch bhuaidh a thoirt air cliù a' Bhùird.																																				
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd																																				
	Chan eil gin ann.																																				
5.8	Buidhean Laghail																																				
	Chan eil gin ann																																				
5.9	Buidhean air Co-ionannas																																				
	Chan eil gin ann																																				
5.10	Buidhean air an àrainneachd																																				
	Chan eil gin ann.																																				



A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	06/02/2024
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	2.4

Tìotal a' Phàipeir	Lìonra Oifigearan Gàidhlig	
Moladh do Bhuill	Airson Fios	
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha an Aonta	Seòrsachadh co-dhùnadh
Sgioba-stiùiridh		
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 – CPG-07-2324-02.4-PT1-Lìonra-Oifigearan-Gàidhlig-Cumhachan-Iomraidh	
1.0	Adhbhar	
1.1	A' toirt fiosrachadh do bhuill mu adhartas an Lìonraidh.	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Chaidh Lìonra Oifigearan Gàidhlig stèidheachadh gu foirmeil san Dàmhair 2023. Bidh Manaidsear Chom-pàirteachasan is Leasachaidh aig Bòrd na Gàidhlig a' co-òrdanachadh na coinneamhan mìosail air loidhne.	
2.2	Tha Comataidh Comhairleachaidh den lìonraidh stèidhichte le seachd riochdairean bho dhà roinn ann – Leasachadh agus Planaichean Reachdail.	
2.3	Dh'aontaich a' chomataidh agus an lìonra Cumhachan-iomraidh (seall PT1).	
2.4	Tha 79 Oifigearan ag obair air leasachadh na Gàidhlig clàraichte san lìonra. Ri lorg air mapa a tha seo . Tha 73 Oifigearan ag obair air planaichean Gàidhlig reachdail clàraichte san lìonra agus ri lorg air mapa a tha seo . Tha 152 oifigearan gu h-iomlan san lìonra.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha trì coinneamhan air an cumail den lìonraidh gu ruige seo; 3 Dàmhair 2023, 11 Dùbhlachd 2023, 22 Faoilleach 2024. Bidh na coinneamhan uair a thìde agus chaidh co-dhùnadh gum biodh cuideigin/riochdaire bruidhinn air cuspair sònraichte aig gach coinneamh.	
3.2	Sa choinneamh air 11 Dùbhlachd 2023 bhruidhinn Fa'ich Bihan-Gallic - Maor-Dùthcha - Urras Ceann a Tuath na Hearadh mun obair aige. Sa choinneamh air 22 Faoilleach 2024 rinn Niall Bartlett bho Riaghaltas na h-Alba taisbeanadh mu Bhile nan Cànanan Albannach.	
3.3	Aig gach coinneamh bidh na h-oifigearan faighinn cothrom ceistean a thogail mu na taisbeanaidhean agus an uairsin bidh iad a' dol a-steach ann an seòmraichean fa-leth airson còmhraidhean fosgailte a chumail còmhla.	
3.4	Bidh gach coinneamh ga cumail dà thuras; turas sa Ghàidhlig agus turas sa Bheurla. Bidh mu leth den lìonraidh a' nochdadh aig na coinneamhan (mu 75 oifigearan). Leis gu bheil na coinneamhan caran neo-foirmeil chan eil ainmean clàraichte de cò bhios	

	an làthair ach tha deagh mheasgadh de dh'oifigearan aig obair ann an leasachadh na Gàidhlig agus oifigearan an sàs ann an libhrigeadh planaichean Gàidhlig reachdail.		
3.5	Tha gach oifigear faighinn a-steach do Microsoft Teams airson conaltradh a dhèanamh le oifigearan eile agus faighinn a-steach do fhaidhlichean is goireasan an lìonraidh.		
3.6	Cho math le na coinneamhan fosgailte mìosail, tha iarratas air thighinn a-steach airson coinneamhan fa-leth a chumail airson oifigearan planaichean Gàidhlig an-dràsta is a-rithist.		
3.7	Thathar air deagh mholadh fhaighinn bho oifigearan san coinneamhan agus ann an sgrìobhadh. Bidh a' chomataidh-co-chomhairleachaidh a' cumail sùil air leasachaidhean an lìonraidh agus na feumalachdan aig na h-oifigearan.		
4.0	Moladh		
4.1	Aire a thoirt don aithisg agus PT1.		
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach		
5.1	Buidhean air Ionmhas Chan eil buaidh ann.		
5.2	Buidhean air Luchd-obrach Chan eil buaidh ann.		
5.3	Buidhean air Trèanadh Chan eil buaidh ann.		
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra Tha dlùth cheangal ann eadar an lìonra seo agus a bhith a' cur air adhart cleachdadh, ionnsachadh agus ìomhaigh na Gàidhlig gu nàiseanta. Bidh am plana seo a' cur air adhart amasan anns a' Phlana Chorporra aig Bòrd na Gàidhlig.		
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta		
	AR N-ADHBHAR	AR LUACHAN	
	Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach	'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar slugh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
	AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA		
	Còraichean daonna	<input checked="" type="checkbox"/> Clann	<input checked="" type="checkbox"/>
	Cultar	<input checked="" type="checkbox"/> Coimhearsnachdan	<input checked="" type="checkbox"/>
	Àrainneachd	<input type="checkbox"/> Bochdainn	<input checked="" type="checkbox"/>
	Slàinte	<input type="checkbox"/> Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
	Foghlam	<input checked="" type="checkbox"/> Eaconamaidh	<input checked="" type="checkbox"/>
	Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	<input checked="" type="checkbox"/>	
5.6	Buidhean air Cliù Chan eil buaidh ann.		
5.7	Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd		

Seisean Fosgailte

Cuspair 2.4

	Chan eil buaidh ann.
5.8	Buaidhean Laghail Tha am pròiseas seo stèidhichte air na dleastanasan reachdail aig Bòrd na Gàidhlig gus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chur an gnìomh.
5.9	Buaidhean air Co-ionannas Bidh oifigearan a' Bhùird a' cumail sùil air cùisean co-ionannachd mar phàirt den co-òrdanachadh den lìonraidh.
5.10	Buaidhean air an Àrainneachd Cha bhi buaidh ann.

Lìonra Oifigearan Gàidhlig

Cumhachan Iomraidh

Tar-shealladh

'S e iomairt cho-obrachail a th' anns an Lìonra Oifigearan Gàidhlig (LOG) a tha gu sònraichte airson cumhachd a thoirt do Oifigearan Leasachaidh Gàidhlig agus co-obrachadh a neartachadh gus cànan is cultar na Gàidhlig a bhrosnachadh air feadh na h-Alba. Mar lìonra gnìomhach, tha an LOG a' feuchainn ri dèiligeadh ris na dùbhlain shònraichte a tha mu choinneamh oifigearan a tha ag obair thar diofar roinnean obrach agus diofar sgìrean den dùthaich. Tha an lìonra ag aithneachadh na h-obrach dheatamaich a nì Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig ann a bhith ag àrach ath-bheothachadh cànan agus beairteas cultarail, agus tha e air a dhealbhadh gus meadhan a thoirt dhaibh airson taic dha chèile, leasachadh proifeiseanta, agus co-obrachadh buadhach.

Tha an lìonra ag aithneachadh gu bheil brosnachadh cànan is cultar na Gàidhlig feumach air oidhirp choitcheann a thèid thairis air dreuchdan agus buidhnean fa leth. Tha an LOG a' feuchainn ri oifigearan a tha an sàs ann an gnìomhan coimhearsnachd a thoirt còmhla ris an fheadhainn air a bheil dleastanas Planaichean Gàidhlig Reachdail a chur an gnìomh ann am buidhnean poblach. Le bhith ag àrach dàimh agus co-obrachadh, tha an LOG ag amas air èifeachdas obair nan Oifigearan a chur am meud, a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-oidhirpean aca a' freagairt gu tarbhach ann an coimhearsnachdan cho math ri ionadan poblach.

Tha ballrachd saor-thoileach agus fosgailte do phroifeiseantaich a tha ag aontachadh ri cumhachan iomraidh an lìonraidh.

Tha an lìonra seo a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig, air a bheil uallach gus a chuideachadh agus a leasachadh mar obair leantaileachd.

Amasan

Tha an LOG ag amas air na leanas a choileanadh:

- a) Àrach co-obrachadh agus co-roinn eòlas am measg oifigearan ag obair ann an leasachadh Gàidhlig agus planaichean reachdail Gàidhlig, ag àrdachadh an èifeachdais ann a bhith ag adhartachadh cànan is cultar na Gàidhlig.
- b) Cuideachadh le leasachadh proifeiseanta agus togail comais a rèir diofar dhleastanasan nan oifigearan sin.

Structar is Dòighean-obrach

Dleastanas Eagrachaidh:

Is e Bòrd na Gàidhlig a' bhuidheann eagrachaidh le uallach airson an lìonra a stiùireadh agus a chumail suas.

Co-òrdanaiche:

Nì Co-òrdanaiche sònraichte airson an LOG cinnteach à leantainneachd agus deagh obrachadh an lionraidh.

Comataidh Comhairleachaidh:

Bidh co-dhiù dithis bhall bho bhuidheann nan oifigearan leasachaidh air Comataidh Comhairleachaidh, dithis bho bhuidheann nan oifigearan dealbhachaidh, an Co-òrdanaiche, agus riochdaire bho Bhòrd na Gàidhlig.

Riaghailtean Coinneimh:

Bidh cruth suidhichte aig na coinneamhan le clàr-gnothaich aontaichte, cathraiche ainmichte, agus neach-gabhail notaichean ainmichte.

Buidhnean:

Bidh an lionra air a dhèanamh suas de dhà bhuidheann: -

- **Oifigearan Leasachaidh** (proifeiseantaich ag obair do bhuidhnean Gàidhlig no ag adhartachadh agus a' leasachadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan). Thoiribh fa-near gu bheil an lionra seo ag amas air ìre oifigeir seach ìre manaideir no stiùiriche.
- **Oifigearan Dealbhaidh** (proifeiseantaich a tha ag obair do bhuidhnean poblach a tha a' leasachadh agus/no a' libhrigeadh planaichean cànan Gàidhlig reachdail)

Fo-bhuidhnean:

A rèir iarrais agus feum, faodar fo-bhuidhnean le raointean-obrach sònraichte, leithid òigridh, cùisean roinneil, ealain, msaa, a stèidheachadh gus conaltradh nas cuimsichte a bhrosnachadh.

Conaltradh:

- Thèid coinneamhan a chumail tro MS Teams (air a sholarachadh le Bòrd na Gàidhlig).
- Gheibhear faidhlichean co-cheangailte ris an lionra air MS Teams, a' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile ball air stòrasan co-roinnte.
- Cumar làthaireachd air-loidhne airson LOLG air www.cleachdi.scot, a' toirt seachad fiosrachadh lionraidh agus naidheachdan as ùire.

Cleachdadh Cànan:

- Is i a' Ghàidhlig prìomh chànan buidheann nan oifigearan leasachaidh agus thèid measgachadh de Ghàidhlig is Beurla a chleachdadh airson buidheann an luchd-dealbhadh.
- Ma tha e ri fhaighinn agus comasach, bu chòir eadar-theangachadh mar-aon a chleachdadh airson choinneamhan.
- Bu chòir sgrìobhainnean a libhrigeadh gu dà-chànanach ann an Gàidhlig agus Beurla gus dèanamh cinnteach à so-ruigsinneachd.

Aithris is Luachadh

Thèid dòighean aithris cunbhalach a stèidheachadh gus adhartas gnìomhachd an LOLG agus èifeachdas ann a bhith a' coileanadh amasan a luachadh.

Atharrachaidhean

- Nuair a tha dòighean còmhhdhalach nas saoire eile mì-ghoireasach no mì-fhreagarrach mar eisimpleir:
 - far a bheil an t-slighe còmhhdhalach phoblaich duilich, a' toirt a-steach dà stad no barrachd, agus nach eil càr co-roinnte no carbad priobhaideach comasach no practaigeach air sgàth dhuilgheadasan pàircidh.
 - far a bheil bagannan troma rin giùlan
 - amannan far a bheil ceanglaichean siubhail teann ann no a tha sàbhalaichean ann an ùine obrach nas cudromaiche na sàbhalaichean ionmhais.
 - far a bheil buadhan sàbhailteachd air luchd-siubhail-aonair air an oidhche agus/no ann an àiteachan air nach eil iad eòlach gu ìre mhòr (thathar a' moladh gun tèid tacsaidhean le ceadachas a chleachdadh seach minicabs).

Feumar cuidhteasan pàighidh a thoirt seachad. Cha tèid airgead-buidheachais a phàigheadh air ais.

Tha cùmhnantan fastaidh tagsaidh aig Taigh a' Ghlinne Mhòir, agus mar sin bu chòir tagsaidhean gu chun àite seo no bhuaithe a chlàradh tron sgioba rianachd. Bu chòir a h-uile neach-obrach agus ball den bhòrd an goireas seo a chleachdadh airson siubhal oifigeil ann an tagsaidh nuair a thadhlas iad air an àite gu h-àrd.

Travel by Taxi

In the circumstances listed below you may claim up to a maximum of £25 for a taxi fare.

- Where a taxi offers the most cost-effective means of travel taking into account savings in operational time.
- Where a number of claimants are sharing a taxi, and this is cheaper than their combined public transport fares.
- Where the use of other cheaper forms of transport are impractical or unsuitable for example:
 - where the public transport route is difficult, involving two or more changes, and the use of a pool car or private vehicle is not possible or practical due to parking problems.
 - where heavy luggage is to be transported
 - occasions where tight travel connections or savings in operational time or are more important than financial savings.
 - where there are safety implications for lone travellers at night and/or in locations with which they are largely unfamiliar (it is recommended that licensed taxis are used rather than minicabs).

Payment receipts must be provided. Any gratuity element will not be reimbursed.

Taxi hire contracts are in place at Great Glen House, therefore taxis to or from this location should be booked via the admin team. This facility should be used by all employees and board members for official travel that is to be undertaken by taxi when they are visiting the above location.

Bu chòir dhut an-còmhnaidh dèanamh cinnteach gun urrainn dhut do cheann-uidhe a ruighinn a' cleachdadh còmhail phoblach. Mura h-eil còmhail phoblach ri fhaighinn agus tu a' smaoinichadh gum bi am faradh tagsaidh agad nas àirde na £25, innis don mhanaidsear-loidhne agad mus siubhail thu, a' mìneachadh na cosgais a bharrachd.

You should always ensure that you can reach your destination using public transport. If public transport is unavailable for your destination and you anticipate that your taxi fare will be in excess of £25, please contact your line manager prior to your making the journey, giving justification for the additional expenditure.

3.6 Siubhal Adhair

Is e siubhal adhair, anns a' mhòr-chuid de shuidheachaidhean taobh a-staigh na RA, an roghainn as miosa air sgàth buaidhean àrainneachd agus ionmhais. Thèid a h-uile cùis airson siubhal adhair a sgrùdadh gu faiceallach.

Travel by Air

Air travel is, in most domestic travel situations, the least preferred option due to environmental and financial impacts. All cases for air travel will be carefully scrutinised.

Cha chheadaichear siubhal adhair eadar puirt-adhair tìr-mòr na h-Alba, mura h-eil seo mar phàirt de thuras nas fhaide (m.e. gu eilean no ceann-uidhe cèin) no far nach eil roghainnean practaigeach eile ann seach siubhal adhair.

The use of air travel between mainland Scottish airports is not permitted, unless this is part of a longer journey (e.g. to an island or foreign destination) or where there are no viable alternatives to air travel.

Bu chòir siubhal adhair gu puirt-adhair eile san RA a sheachnadh agus cha bu chòir an cleachdadh ach nuair nach eil siubhal tràna èifeachdach ri fhaighinn no far a bheil e na phàirt de thuras nas fhaide (m.e. gu eilean no ceann-uidhe cèin) far nach eil roghainnean practaigeach eile ann seach siubhal adhair.

Air travel to other UK airports should be avoided and only be used where effective train travel is not available or where part of a longer journey (e.g. to an island or foreign destination) where there are no viable alternatives to air travel.

Feumaidh luchd-obrach no buill bùird a tha airson siubhal air plèana gu puirt-adhair eile san RA mìneachadh sgrìobhte a thoirt don mhanaidsear-loidhne aca gus cead fhaighinn, mus glèidh iad tiogaid siubhail.

Employees or board members who wish to travel by air to other UK airports must produce written justification to their line manager to obtain authorisation, prior to booking travel.

Anns a h-uile cùis, feumar cead ro-làimh airson siubhal adhair. Feumaidh buill a' bhùird cead fhaighinn ro làimh bhon Cheannard no Ceann an Ionmhais don deach ùghdarras tiomnaichte a thoirt seachad.

In all cases, prior authorisation for air travel must be obtained. Board members must obtain prior approval from the Ceannard or Head of Finance to whom delegated authority has been given.

3.6.1 Clas de shiubhal adhair ri chleachdadh

Bu chòir a h-uile turas a bhith ann an clas eaconamaidh/ turasachd (no a leithid), mura h-eil adhbharan sònraichte ann.

Class of Air Travel to Be Used

All travel should be economy/tourist class (or equivalent), unless there are exceptional reasons.

3.6.2 Sgeamaichean Brosnachaidh

Ach a-mhàin inntreigeadh gu seòmraichean-suidhe sònraichte no rèiteachaidhean clàraidh, cha bu chòir sochairean (m.e. mìltean adhair no a leithid), air an cosnadh tro shiubhal maoinichte le BnG a chleachdadh ach airson tuilleadh siubhail air gnothach BnG, no bu chòir a leigeil seachad.

Cha bu chòir daoine fa leth gabhail ri brosnachadh dàil siubhail, oir cha bu chòir ùine siubhal air adhbhar obrach a leudachadh mura h-eil feum air. Ann an suidheachaidhean mì-àbhaisteach, far a bheil e reusanta gabhail ri dàil siubhail, bu chòir airgead no brosnachadh sam bith eile a tha air a thabhan a chleachdadh airson tuilleadh siubhail air gnothach BnG, no a leigeil seachad.

Faodar puingeann sam bith a bhiodh air an leigeil seachad a thoirt do charthannas a tha air ainmeachadh leis a' bhuidhinn- siubhail.

4 Mineachadh air Siubhal Oifigeil

Tha siubhal oifigeil a' ciallachadh siubhal a tha riatanach gus amasan gnothaich BnG a lìbhrigeadh, a' gabhail a-steach coinneamhan gnothaich, tadhal air làrach no trèanadh. Mura h-eil thu cinnteach, bruidhinn ris a' mhanaidsear-loidhne agad. Tha frithealadh agallamh a-staigh ga mheas mar shiubhal oifigeil cuideachd.

4.1 Luchd-obrach stèidhichte ann an oifisean BnG

Mar as trice bidh siubhal oifigeil a' tòiseachadh agus a' crìochnachadh aig an ionad-obrach/oifis stèidhichte agad mar a tha air a mhìneachadh sa chùmnant obrach agad.

Ma tha thu a' siubhal eadar do dhachaigh agus àite-obrach sealach, dèan iarrtas airson na cuid as lugha de na leanas:

- An t-astar eadar do dhachaigh agus an t-àite-obrach sealach; no
- An t-astar as giorra eadar an t-àite-obrach stèidhichte agad agus an t-àite-obrach sealach.

Chan urrainnear cosgaisean iarraidh nuair a nì thu roghainn phearsanta siubhal gu àite-obrach eile, seach mar riatanas airson do dhreuchd aig BnG.

Incentive Schemes

With the exception of access to special departure lounges or booking arrangements, benefits (e.g. air miles or equivalents), earned through BnG financed travel should only be used for further travel on BnG business or foregone.

Inducements to accept delayed departures should not be accepted by individuals, because operational travel time should not be extended unnecessarily. Exceptionally, where it is reasonable to accept a delayed departure, any cash or other incentive offered should be used for further travel on BnG business or foregone.

Any points which would otherwise be foregone may be donated to a charity nominated by the carrier.

Definition of Official Travel

Official travel means travel that is necessary to deliver BnG's business objectives, including business meetings, site visits or training. If you are unsure, please speak to your line manager. Attending an internal interview is also classed official travel.

Employees Based in BnG Offices

Official travel will normally commence and end at your permanent workplace / office base as detailed in your contract of employment.

If you are travelling between your home and a temporary workplace, claim the lesser of either:

- The distance travelled between home and the temporary workplace; or
- The shortest distance between your permanent workplace and the temporary workplace.

Expenses cannot be claimed when travel to another work location is undertaken as a matter of personal choice, rather than as a necessary requirement of your BnG role.

4.2 Luchd-obrach Dachaigh Foirmeil

Faodaidh luchd-obrach dachaigh ainmichte foirmeil (sin, luchd-obrach a tha stèidhichte san dhachaigh) iarrtas a chur a-steach airson Siubhal & Cosgaisean (S&C) bhon dachaigh chun a' cheann-suidhe aca.

4.3 Iomairt Uaine agus Riaghladh Carboin

Tha BnG gu gnìomhach a' brosnachadh a h-uile duine againn, ar com-pàirtichean agus a h-uile duine leis a bheil sinn ag obair gus ceumannan practaigeach, seasmhach a dhèanamh a dh'ionnsaigh comann beag-charboin. Seall ri [Poileasaidh Àrainneachd](#) airson beachdan air mar as urrainn dhut seo a dhèanamh.

5 Càraichean Co-roinnte agus air Mhàl

Feumaidh an neach a tha ainmichte air clàradh a' chàir càin pàircidh sam bith a phàigheadh fhad 's a tha an càr air a ghleidheadh aca.

Mura h-eil e comasach no practaigeach turas a ghabhail air còmhhdhail phoblach, is e an ath roghainn a bhith a' cleachdadh carbad co-roinnte le Nàdair Alba no carbad màil.

Ma tha thu airson càr co-roinnte a dhràibheadh no càr a ghabhail air mhàl, feumaidh tu dèanamh cinnteach gu bheil thu freagarrach gus sin a dhèanamh.

Ma tha atharrachadh ann an cumhaichean a' chead dràibhidh agad aig àm sam bith tha e an urra riut post-d a chur chun mhanaidsear-loidhne agad sa bhad, agus far am bi thu a' draibheadh càraichean co-roinnte Nàdair Alba, feumaidh tu cuideachd comhairle a thoirt do Sgioba Riaghlaidh Cabhlach Nàdair Alba a rèir sin.

Cha bu chòir do thagraichean càraichean co-roinnte Nàdair Alba no carbadan a chaidh a ghabhail air màl gu h-oifigeil a chleachdadh air adhbharan prìobhaideach, oir tha buaidh aig seo air fiachanas cìse.

6 Carbadan Prìobhaideach

Tha e an urra riut càin pàircidh sam bith a phàigheadh nuair a bhios tu a' dràibheadh airson adhbharan obrach.

Formal Homeworkers

Formal designated homeworkers (i.e employees whose base is their home) will be able to claim Travel & Subsistence (T&S) from home to their destination.

Greening and Carbon Management

BnG actively encourages all of us, our partners and everyone we work with to deliver practical, sustainable steps towards a low carbon society. Please consult [Environmental Policy](#) for ideas as to how you can do this.

Pool and Hire Cars

The person named on the vehicle booking is responsible for the payment of any parking fine incurred whilst the vehicle is booked out to them.

If it is not possible or practical to undertake a journey by public transport, the next option is the use of a NatureScot pool vehicle or a hire vehicle.

If you wish to drive a pool car or hire car, you must ensure that you are fit to do so.

If at any time there is a change to the status of your driving license it is your responsibility to email your line manager immediately, and where you drive NatureScot pool cars, you must also advise the NatureScot Fleet Management Team accordingly.

Under no circumstances should claimants use NatureScot pool cars or officially hired vehicles for private use, as this has implications for tax liabilities.

Private Vehicles

You are responsible for the payment of any parking fines incurred whilst driving for work purposes.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT3

Far nach eil càr co-roinnte no càr air mhàl ri fhaighinn no nach biodh e practaigeach agus ma dh'aontaicheas am manaidsear-loidhne agad ris an turas ann agus air ais, faodaidh tu carbad prìobhaideach a chleachdadh.

Mar eisimpleir, faodaidh luchd-iarrtais le ciorram a chuireas stad orra bho bhith a' cleachdadh an dàrna cuid còmhhdail phoblach no carbad oifigeil cuibhreann siubhail àbhaisteach (CSA) iarraidh airson a h-uile turas oifigeil, fhad 's a thathar a' coinneachadh ri riathanasan seilbh agus àrachais carbaid.

Anns na suidheachaidhean sin, feumaidh tu mìneachadh soilleir, mionaideach a thoirt seachad air carson a tha thu air do chàr prìobhaideach a chleachdadh agus an uair sin air iarrrtas CSA a dhèanamh agus am mìneachadh sin a chur don iarrrtas chosgaisean agad airson aonta do mhanaidsear-loidhne. Ma thèid a lorg nach eil adhbhar soilleir ann airson a bhith ag iarraidh CSA, bidh an t-iarrrtas air a chuingealachadh gu cosgais co-ionann ri còmhhdail phoblach (CCP) no reat còmhhdalach phoblaich (RCP) no air a dhiùltadh leis a' mhanaidsear-loidhne agad.

Feumaidh tu do chòmhdach àrachais a cheangal ann am PeopleHR às dèidh gach ùrachadh; thèid seo a dhearbhadh leis a' mhanaidsear-loidhne agad gach bliadhna, air no ro 30 Sultain. Mura h-eil an còmhdach àrachais ceart agad chan fhaigh thu ais-phàigheadh mhiltean sam bith gus an dearbh thu gun d' fhuair thu an còmhdach.

Tha an sgrùdadh seo cudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-iarrtais a rèir nan cumhachan àbhaisteach a dh'fheumar airson cuibhreannan mhiltean a phàigheadh, agus airson luchd-iarrtais a dhìon. Gheibhear am foirm dearbhaidh àrachais a thèid a chleachdadh airson an adhbhair seo ann an Leas-phàipear A.

Feumar na cumhaichean a leanas a choileanadh nuair a thathar a' cleachdadh carbad prìobhaideach:

- Feumar aithneachadh gu bheil cleachdadh a' charbaid prìobhaidich air gnothach oifigeil iomchaidh agus gun deach rangachadh còmhhdalach a leantainn.
- Feumaidh an carbad a thèid a chleachdadh airson siubhal oifigeil a bhith an seilbh, no air a ghabhail air mhàl, leis an neach-iarrtais no an cèile/companach.

HMRC = Her Majesty's Revenue & Customs
PTR = Public Transport Rate
GPC = Government Procurement Card

Where a pool or hire car is unavailable or would not be practical and if the trip is agreed by your line manager, you may use a private vehicle.

For example, claimants with a disability that prevents them from using either public transport or an official vehicle may claim standard mileage rate (SMR) for all official travel, providing that the vehicle ownership and insurance requirements are met.

In these circumstances, a clear detailed justification as to why you have used your private car and then claimed SMR is to be entered into expenses claim for your line manager's approval. If it is found that there is no clear justification for claiming SMR, the claim will be restricted to public transport equivalent (PTE) or public transport rate (PTR) or rejected by your line manager

You are required to attach your insurance cover in PeopleHR after each renewal; this will be verified by your line manager annually, on or by 30 September. Should you not have the correct insurance cover you will not be able to claim any reimbursement of mileage until you provide evidence you have obtained the cover.

This check is important to ensure that claims are in compliance with the standard conditions required for payment of mileage allowances, and for the protection of claimants. The insurance declaration form to be used for this purpose can be found at Annex A.

The following conditions must be met when using a private vehicle:

- The journey must be recognised as one for which the use of the private vehicle on official business is appropriate and the hierarchy of transport has been followed.
- The vehicle used for official travel must be owned, or hired, by the claimant or the claimant's spouse/partner

SMR = Standard Mileage Rate
PTE = Public Transport Equivalent
PIE = Personal Incidental Expenses

- Feumaidh poileasaidh àrachais motair coileanta a bhith aig an neach-iarrtais a tha iomchaidh airson adhbharan gnothaich.
- Far am faodadh còmh-dhail phoblach a bhith air a chleachdadh, bu chòir an t-iarrtas mhiltean a bhith air a chuingealachadh ris a' chosgais Co-ionann ri Còmh-dhail Phoblach (CCP) de dh'fharadh Clas Coitcheann.
- Tha am foirm dearbhadh àrachais air a lìonadh agus air a stòradh gu h-iomchaidh.
- The claimant must possess a comprehensive motor insurance policy fit for business use.
- Where public transport could have been used, the mileage claim should be restricted to the public transport equivalent (PTE) of a Standard Class fare.
- The insurance declaration form is completed and stored appropriately.

6.1 Cleachdadh charbadan prìobhaideach far nach eil an neach-iarrtais a' dràibheadh no far nach eil iad an làthair

Faodar cosgais mhiltean iarraidh aig CSR no RCP a rèir rangachd siubhail, nuair a thèid càr an neach-iarrtais fhèin a chleachdadh air gnothach oifigeil gus an neach-iarrtais a thoirt gu àite agus / no a thoirt air ais bho àite, ach a tha e air a dhràibheadh le cuideigin eile. Faodar cuideachd cosgais mhiltean iarraidh airson an turais air ais bho bhith a' toirt an neach-iarrtais a dh'àite no a thogail bho àite (m.e. gu no bho stèisean-rèile, port- adhair msaa.) far nach eil an neach-iarrtais anns a' chàr.

Use of Private Vehicles Where Claimant is Not Driving or is Not Present

Mileage can be claimed at either SMR or PTR in line with the hierarchy of travel, when the claimant's own car is used on official business to convey and/or collect the claimant but is driven by another person. Mileage for return legs of journeys to convey or collect the claimant (*e.g. to or from a train station, airport etc.*) where the claimant is not present in the car may also be claimed.

6.2 Rear Còmh-dhalach Phoblaich (RCP)

Feumar na cumhaichean a leanas a choileanadh far a bheil RCP ga iarraidh:

- Feumar aithneachadh gu bheil an turas riatanach airson adhbharan gnothaich oifigeil BnG ach nach gabhadh a dhèanamh le còmh-dhail phoblach no càr co-roinnte.
- Far am faodadh còmh-dhail phoblach a bhith air a chleachdadh, bu chòir an t-iarrtas mhiltean a bhith air a chuingealachadh ris a' chosgais co-ionann ri còmh-dhail phoblach (CCP) de dh'fharadh Clas Coitcheann.

Faodar suplamaid luchd-siubhail iarraidh cuideachd.

Mar as trice gheibhear cisean pàircidh no garaids nuair a tha thu ag iarraidh RCP, ach chan fhaighear le CCP. Mura h-eil a' chosgais iomlan, a' toirt a-steach a' chuibhreann mhiltean, taobh a-staigh faradh CCP as àirde no far am biodh sàbhalaichean mòra ann an ùine obrach a' fireanachadh pàigheadh.

Public Transport Rate (PTR)

The following conditions must be met where PTR is claimed:

- The journey must be recognised as one which is necessary for the purposes of official BnG business but could not be undertaken by public transport or pool car.
- Where public transport could have been used, the mileage claim should be restricted to the public transport equivalent (PTE) of a standard class fare.

Passenger supplements can also be claimed.

Parking or garaging fees may usually only be claimed when claiming PTR but not PTE. Unless the total cost, including the mileage allowance, is within the ceiling of the PTE fare or where substantial savings in operational time would justify payment.

6.3 Cuibhreann Siubhail Àbhaisteach (CSA)

Feumar na cumhaichean a leanas a choileanadh far a bheil CSA ga iarraidh:

- Feumar aithneachadh gu bheil cleachdadh a' charbaid phrìobhaidich air gnothach oifigeil iomchaidh agus gun deach rangachadh còmhhdhalach a leantainn.

Faodar suplamaid luchd-siubhail iarraidh cuideachd (faic 6.4).

Faodar cìsean pàircidh iarraidh. Cha tèid cìsean pàircidh thar oidhche a phàigheadh ach nuair a tha an ùine airidh air cuibhreann bith-beò air an oidhche. Feumar cuidhtean pàighidh a thoirt seachad.

Bu chòir luchd-iarrtais a tha air a' chrìoch bhliadhnail aca de 10,000 mìle a ruigsinn (air cosgais mhiltean iomlan a chaidh iarraidh) iarrtas airson RCP a chumail aig an reat as ìsle den chuibhreann siubhail àbhaisteach de 25sg gach mìle, a rèir [stùireadh HMRC](#): Mura dèan iad sin dh'fhaodadh fiachanas cìs phearsanta a thighinn orra ris nach biodh BnG an urra.

6.4 Suplamaid Luchd-siubhail

Faodar iarrtas a dhèanamh airson suplamaid luchd-siubhail far a bheil càr prìobhaideach air a chleachdadh air gnothach oifigeil, aig RCP no CSA, agus luchd-siubhail oifigeil air an giùlan.

Tha pàigheadh airson gach neach-siubhail air a chuingealachadh ris an astar a bhiodh air a shiubhal nam biodh turas an neach-siubhail air tòiseachadh agus air crìochnachadh aig an àite-obrach maireannach aca no ma bha e nas lugha, an t-astar a dh'fheumar siubhal. Bu chòir ainmean luchd-siubhail oifigeil, a' toirt a-steach an fheadhainn nach eil nan luchd-obrach BnG ach a tha an làthair airson adhbharan oifigeil, innse.

6.5 Siubhal le Motair-rothair Prìobhaideach

Feumar na cumhaichean a leanas a choileanadh far a bheil reat motar-rothair ga iarraidh:

- Feumaidh am motar-rothair a thèid a chleachdadh a bhith an seilbh, no air a ghabhail air mhàl, leis an neach-iarrtais no an cèile no companach.
- Feumaidh poileasaidh àrachais motair a bhith aig an neach-iarrtais a tha iomchaidh airson cleachdadh gnothaich.

Standard Mileage Rates (SMR)

The following conditions must be met where SMR is claimed:

- The journey must be recognised as one for which the use of the private vehicle on official business is appropriate and the hierarchy of transport has been followed.

Passenger supplements can also be claimed (see 6.4).

Parking fees may be claimed. Overnight parking fees will only be met if the period qualifies for night subsistence allowance. Payment receipts must be provided.

Claimants who have reached their annual 10,000 mile threshold (on total mileage claimed) should restrict any claims for PTR to the lower standard mileage rate of 25p per mile as per [HMRC guidance](#). Failure to do so may result in a personal tax liability arising for which BnG is not responsible.

Passenger Supplement

Passenger supplement can be claimed where a private car is used on official business at either PTR or SMR and official passengers are carried.

Payment for each passenger is restricted to the distance that would have been travelled if the passenger's journey had started and finished at their permanent workplace or if less, the distance necessarily travelled. The names of official passengers, including those who are not BnG employee but are present for official reasons, should be stated on the claim.

Travel by Private Motorcycle

The following conditions must be met where the motorcycle rate is claimed:

- The motorcycle must be owned, or hired, by the claimant or the claimant's spouse or partner.
- The claimant must possess a motor insurance policy for business use.

- Feumar aithneachadh gu bheil cleachdadh a' mhotair-rothair air gnothach oifigeil iomchaidh.

Chan eil crìoch air a' chuibhreann mhiltean as urrainnear iarraidh airson motair-rothair.

Faodar cìsean pàircidh iarraidh cuideachd. Cha tèid cìsean pàircidh thar oidhche a phàigheadh ach nuair a tha an ùine airidh air cuibhreann bith-beò air an oidhche. Feumar cuidhteasan pàighidh a thoirt seachad.

6.6 Amannan Èiginn

Aig àm èiginn, faodaidh luchd-iarrtais cùisean a chur air dòigh mar a tha iomchaidh agus cosgaisean reusanta iarraidh air ais airson na dearbh chosgaisean a chuireadh orra anns an t-suidheachadh.

7.0 Biadh agus Àite-fuirich

Thèid cosgais dhligheach air biadh agus àite-fuirich a phàigheadh air ais, ma dh'fheumas an neach-iarrtais siubhal air falbh bhon àite gnothaich oifigeil àbhaisteach.

Cha tèid cosgais deoch làidir a phàigheadh air ais.

7.1 Bith-beò

Faodar bith-beò latha iarraidh nuair:

- A chaitheas tu barrachd air 5 uairean a thìde ag obair còrr is 5 mìle bhon àite-obrach stèidhichte agad.
- Faodar bith-beò latha sònraichte iarraidh taobh a-staigh crìoch 5 mìle (m.e. aig taisbeanadh far nach urrainn don neach an togalach fhàgail, ach nach eil biadh air a thoirt seachad an- asgaidh).

7.2 Cuairtean Latha gu àite eile airson sreath làithean

Faodaidh luchd-iarrtais a bhios a' tadhal air an aon àite airson sreath làithean iarrtas a dhèanamh airson bith-beò latha airson 30 latha-obrach aig a' char as àirde. Ann a bhith ag obrachadh na h-ùine seo a- mach:

- Cha bu chòir dhaibh aire a thoirt do làithean sam bith nuair nach eil an turas ag adhbharachadh bith-beò làitheil agus

- The journey must be recognised as one for which the use of the motorcycle on official business is appropriate.

There is no limit to the mileage claimable for motorcycle mileage.

Parking fees may also be claimed. Overnight parking fees will only be met if the period qualifies for night subsistence allowance. Payment receipts must be provided.

Emergencies

In the case of an emergency, claimants can make their own arrangements and claim reasonable reimbursement for the actual costs incurred in the circumstances.

Meals and Accommodation

Reimbursement will be made for legitimate expenses on meals and accommodation, as a result of being required to travel away from your normal base on official business.

Expenditure on alcoholic beverages will not be reimbursed.

Subsistence

Day subsistence rates may be claimed when:

- You spend a period in excess of 5 hours working more than 5 miles away from your permanent workplace.
- Exceptional day subsistence may be claimed within the 5-mile limit (e.g. at an exhibition where the person cannot leave the premises, but a meal is not provided free of charge).

Consecutive Day Visits to Another Location

Claimants who make consecutive day visits to the same location may claim day subsistence for a maximum of 30 working days. In calculating this period, they should:

- disregard any days on which the visit does not attract day subsistence and

b) bu chòir dhaibh ùine ùr a thòiseachadh an dèidh briseadh nas fhaide na 10 latha-obrach.

b) start a fresh period after a break of more than 10 working days.

7.3 **A' frithealadh Thachartasan Oifigeil - Lòn/Dinnear Obrach**

Faodaidh tu iarrtas a dhèanamh airson cosgais lòin/dinnear oifigeil nuair a thèid iarraidh ort a dhol gu lòn no dinnear mar riochdaire oifigeil BnG agus a tha cosgaisean taigh-bìdh na lùib.

Bidh na reataichean sin an sàs ge bith a bheil feum air oidhche a chumail air falbh bhon dachaigh.

Far nach toir na reataichean sin ath- dhìoladh iomchaidh, bu chòir cead ro- làimh fhaighinn bhon mhanaidsear- loidhne agad. Bu chòir dhut cuideachd innse do Cheann an Ionmhais is Cùisean Corporra.

Ma tha thu an dùil iarrtas a dhèanamh airson biadh no deochan milis a cheannach airson cuideigin eile, seall ri [Stiùireadh a thaobh Aoigheachd](#) ro-làimh.

Attending Official Engagements – Working Lunches/Dinners

You can claim official engagement lunches/ dinner subsistence when you are required to attend lunch or dinner as an official representative of BnG and which involves restaurant costs.

These rates will apply irrespective of whether an overnight absence is involved.

Where these rates will not provide adequate reimbursement, prior approval of the full claim should be obtained from your line manager. You should also inform the Head of Finance and Corporate Affairs.

If you intend to claim for the purchase of food or soft drinks for someone else, please consult the [Hospitality Guidance](#) beforehand.

7.4 **A' fuireach na h-Oidhche an aghaidh a bhith a' Tilleadh chun àite-obrach stèidhichte**

Nuair a bhios luchd-iarrtais a' frithealadh àite-obrach sealach air dà latha an dèidh a chèile, no barrachd, **faodaidh iad iarrtas a dhèanamh air a' chuid as lugha de:**

a) Cosgais siubhal làitheil chun àite sin

No

b) Cosgais aon turas air ais agus bith-beò tron oidhche aig an àite-obrach sealach.

Chan fhaodar an t-Sùim nas àirde iarraidh ach far a bheil seo air fhìreanachadh gu soilleir m.e. air sgàth ùine siubhail, faid an latha obrach, amannan tòiseachaidh is crìochnachaidh msaa. Tha sàbhailteachd phearsanta air leth cudromach agus feumaidh co-dhùnaidhean a thaobh a bheil e reusanta fuireach thar oidhche aire a thoirt dha seo, m.e. mar thoradh air siubhal air an oidhche, siubhal nuair a tha thu sgìth, no siubhal ann an àiteachan air nach eil thu eòlach.

Staying Overnight versus Returning to Base

Where claimants attend a temporary work location on two consecutive days, or more, **they may claim the lesser of either:**

a) The cost of daily travelling to that location

Or

b) The cost of one return journey plus night subsistence at the temporary work location.

The higher amount may only be claimed where this is clearly justified e.g. due to journey time, length of working day, start and finish times etc. Personal safety is of paramount importance and decisions regarding whether an overnight stay is justified must take due account of this, e.g. due to travelling at night, travelling when tired, or travelling in unfamiliar locations.

7.5 **Àite-fuirich Thar Oidhche**

Mar sheirbheisich phoblach tha na h- iarrtasan Siubhail is Chosgaisean againn air an sgrùdadh gu dlùth le luchd- sgrùdaidh agus HMRC aig àm sgrùdaidh.

Overnight Accommodation

As public servants our T&S claims are closely examined by auditors and HMRC during inspections.

Ann an suidheachaidhean àraidh, nuair nach fhaighear àite-fuirich taobh a-staigh nan reataichean àbhaisteach, feumar cead ro-làimh bho Cheann an Ionmhais is Cùisean Corporra.

In exceptional circumstances, when accommodation cannot be found within the normal rates, prior approval must be obtained from Head of Finance and Corporate Affairs.

Far an deach àite-fuirich a chlàradh ach nach urrainn dhut fuireach ann tuilleadh ge bith dè an t-adhbhar, feumaidh tu innse don sgioba rianachd cho luath 's a ghabhas gus an tèid pàigheadh air ais iarraidh. Bu chòir iarrtasan bìdh a chumail taobh a-staigh nan crìochan àbhaisteach, mura h-eil, ann an suidheachadh àraidh, aig luchd-obrach no buill bùird a bhith an làthair aig biadh feasgair ceangailte ris a' choinneimh a tha iad a' frithealadh agus far am biodh seo a' ciallachadh gum biodh iad fhèin a' pàigheadh air a shon.

Where accommodation has been booked and you are no longer able to stay for whatever reason, you must let the administration team know as soon as possible so that a refund can be requested. Meal claims should be restricted to the normal limits, unless exceptionally, employee or board members are expected to attend an evening meal connected to the meeting they are attending and where this would mean that they would be out of pocket.

Mar sin, faodar fìor chosgaisean taobh a-staigh chrìochan reusanta a phàigheadh. Bu chòir an t-adhbhar airson a bhith ag iarraidh fìor chosgais innse gu soilleir air an iarrtas agus na cuidhteasan a chaidh a thoirt seachad.

Therefore, actual expenditure within reasonable limits may be met. The reason for claiming any 'actual' expenditure should be clearly stated on the claim and receipts provided

7.6 Àite-fuirich Leabaidh is Bracaist

Tha cosgaisean rim pàigheadh nuair a dh'fheumas tu pàigheadh airson àite- cadail ann an taigh-òsta, taigh fèin- fhrithealadh, taigh-aogheachd, ostail no Leabaidh is Bracaist airson gu feum thu a bhith air falbh bhon dachaigh air gnìomhachas oifigeil thar na h-oidhche.

Bed & Breakfast Accommodation

Rates are payable when you incur expenditure on sleeping accommodation within hotel, self-catering, guest house, hostel or B&B accommodation as a result of an overnight absence on official business.

Chan urrainnear an reata Leabaidh is Bracaist iarraidh ach nuair a gheibhear cuidhteasan airson an togalaich a chaidh a chleachdadh.

The B&B rate can only be claimed on provision of receipts for the accommodation used.

Faodar an cuibhreann Cosgais Tuiteamais Phearsanta (faic 7.7) iarraidh cuideachd.

The Personal Incidental Expense (see 7.7) allowance may also be claimed.

7.7 Reat Suidhichte Bith-beò Charaidean is Teaghlach

Friends and Family Flat Subsistence Rate

Ma roghnaicheas tu fuireach le Caraidean is Teaghlach, faodaidh tu an cuibhreann Reat C iarraidh mar a tha air a mhìneachadh ann an 7.1

If you choose to stay with Friends & Family, you can claim the Rate C allowance as detailed in 7.1

Nuair a tha an reat seo air iarraidh feumar seòladh a thoirt seachad.

When this rate is claimed an address must be given.

Tha an cuibhreann seo na shochair fo bhuaidh chìsean.

This allowance is a taxable benefit.

Feumar an cuibhreann seo fhaighinn tron fhoirm airson fuireach còmhla ri caraidean.

This allowance must be claimed via the form for staying with friends.

Faodaidh tu iarraidh cosgais siubhail a dh' fhuireach còmhla ri caraidean no càirdean (a dh'fhaodadh a bhith a' fuireach astar air falbh) cho fad 's nach bi cosgais siubhail nas àirde na a bhith a' fuireach ann an àiteachan-fuirich malairteach nas fhaighe air an àite-obrach shealach. Feumar cuidhteas a thoirt seachad mar thaic ri iarrtas sam bith.

Chan fhaodar cuibhreannan bìdh eile iarraidh a bharrachd air an reat shuidhichte.

7.8 **Cosgaisean Tuiteamais Pearsanta (CTP)**

Thathas mothachail gum faodadh cosgaisean a bhith ort mar thoradh air fuireach air falbh bhon dachaigh thar oidhche. Faodaidh tu cuibhreann chosgaisean tuiteamach pearsanta (CTP) iarraidh a dh'ionnsaigh chosgaisean leithid conaltradh fòin dhachaigh, cofaidh, botail uisge, msaa.

8.0 **Cosgaisean Agallaimh**

Bu chòir cosgaisean agallaimh airson luchd-obrach a tha a' cur a-steach airson dreuchdan BnG iarraidh tron iarrtas chosgaisean agad. Feumar cuidhteasan pàighidh a thoirt seachad.

Tha an cuibhreann seo na shochair chisean. Ach, pàighidh BnG a' phàirt chisean den chuibhreann, agus mar sin chan eil thu a' call airgead.

9.0 **Mar a nì thu iarrtas**

Lìonaidh gach neach-iarrtas na h-iarrtasan chosgaisean aca tro na foirmean iarrtais cosgais àbhaisteach.

Feumaidh cuidhteasan a bhith ceangailte ris an fhoirm ris a bheil an t-iarrtas cosgais a' buntainn. Airson iarrtasan mhiltean, feumaidh plana slighe AA (no a leithid) a bhith an cois le mion-fhiosrachadh mun àite fàgail is ruighinn a bharrachd air an àireamh de mhiltean a chaidh a shiubhal.

Cho luath 's a dh'aontaicheas am manaidsèar-loidhne agad don an iarrtas thèid a phròiseasadh gu fèin-ghluasadach taobh a-staigh 5 latha-obrach.

Bu chòir iarrtasan a chur a-steach taobh a-staigh 30 latha bhon a chaidh cosgais adhbharachadh gus cunntasachd iomchaidh agus pàigheadh sgiobalta. a dhèanamh comasach.

You can claim the cost of travel to stay with friends or relatives (who may live a distance away) providing that the cost of the travel, does not exceed that, otherwise, of them staying in commercial accommodation closer to the temporary workplace. A receipt must be provided in support of any claim.

Other meal allowances may not be claimed in addition to the flat rate.

Personal Incidental Expenses (PIE)

It is recognised that you may incur costs as a result of staying away from home overnight. You can claim a personal incidental expenses (PIE) allowance towards miscellaneous out of pocket expenses such as telephone calls home, coffee, bottled water, etc.

Interview Expenses

Interview expenses for employees applying to BnG posts, should be claimed through your expenses claim. Payment receipts must be provided.

This allowance is a taxable benefit. However, BnG will pay the taxable element of the allowance, so you are not out of pocket.

How to Claim

All claimants will complete their expenses claims via the normal expense claim forms.

All receipts must be attached to the form to which the expense claim relates. For mileage claims, you must attach an AA route planner (or similar) which details departure and arrival point as well as number of miles travelled.

Once your line manager approves the claim it will be automatically processed within 5 working days.

Claims should be submitted within 30 days of incurred expenditure to enable appropriate accounting practice and prompt payment.

10.0 Dreuchdan agus Dleastanasan

Feumaidh tu:

- beachdachadh a bheil feum air siubhal, a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt aire do chùisean taobh a-staigh poileasaidh àrainneachd BnG, còmhla ri nithean eile leithid a' chleachdaidh as fheàrr de dh'ùine oifigeil agus na roghainnean eile a tha rim faighinn leithid co- labhairtean bhidio/fòin msaa
- fios a thoirt don mhanaidsear agad mu na planaichean siubhail gnothaich agad – bruidhinn mu agus aontaich siubhal gnothaich agus cosgaisean a tha buailteach a bhith agad mus siubhail thu, leis a' mhanaidsear agad (far a bheil sin comasach).
- dèanamh cinnteach nach bi do shlàinte is sàbhailteachd ann an cunnart ann an gnothach oifigeil.
- dèanamh cinnteach gu bheil Siubhal is Cosgaisean a' riochdachadh an luach as fheàrr.
- dèanamh cinnteach gu bheil thu mothachail air na cosgaisean is reataichean as ùire.
- na iarr ach cosgaisean a tha riatanach agus a bharrachd air do chaiteachas làitheil àbhaisteach.
- a bhith mothachail air cuingealachaidhean mu bhith a' gabhail ri sgeamaichean brosnachaidh no a' tionail puingeann dìlseachd mar a tha air a mhìneachadh sa phoileasaidh.
- iarrtas a dhèanamh ann an deagh àm agus a bhith mothachail mu ceann-latha deireadh na bliadhna cìse.
- siubhail ann an clas coitcheann/eaconamaidh
- cuidhteasan buntainneach a thoirt seachad nuair a chuireas tu a- steach iarrtas chosgaisean.
- a bhith mothachail air a' phoileasaidh agus an stiùireadh co-cheangailte ri siubhal aig an obair, a' toirt a-steach:

- [Poileasaidh Obair-aonair](#)
- [Àrainneachdail](#)
- [Plana Siubhail Gníomhachais](#)

Roles and Responsibilities

You are expected to:

- consider whether travel is necessary, ensuring greening issues within the BnG environmental policy have been taken into account, alongside other factors such as best use of official time and the alternatives available such as video/ teleconferencing etc.
- keep your manager informed of your business travel plans – discuss and agree business travel and likely associated costs in prior to your travel, with your manager (where possible).
- make sure your health and safety is not compromised in the course of official business.
- ensure that the means of T&S represents best value.
- make sure you are aware of the up-to-date expenses and rates limits.
- only claim expenses which are necessary and additional to your normal daily expenditure.
- be aware of restrictions on signing up to incentive schemes or collecting loyalty points as set out in the policy.
- make claims timeously and be aware of the end of the tax year deadline.
- travel standard/economy class.
- provide relevant receipts when submitting expenses claims.
- be aware of the associated policy and guidance on travel at work, including:

- [Lone Working](#)
- [Environmental](#)
- [Business Travel Plan](#)

10.1 Na dleastanasan agad mar mhanaidsear/neach-gleidhidh buidseit

Feumaidh tu:

- Dèanamh cinnteach gu bheil an sgioba agad a' tuigsinn agus a' gèilleadh ris na poileasaidhean iomchaidh.
- Dèanamh cinnteach gu bheil slàinte is sàbhailteachd do sgioba, a' toirt a-steach cothromachadh beatha is obrach, na phrìomhachas nuair a bhios tu a' dealbhadh agus a' cumail sùil air riathanas obrach is siubhail san sgioba agad.
- Dèanamh cinnteach gu bheil caiteachas air cosgaisean siubhal gnothaich iomchaidh, cosg-èifeachdach agus fo smachd ceart.
- Dèanamh cinnteach gu bheil an t-slighe agus an dòigh còmhaidh den luach as fheàrr air a chleachdadh. Dèanamh cinnteach cuideachd gu bheil an neach-obrach air beachdachadh air dòighean eile air gnothach a dhèanamh (sin, co-labhairt bhidio, co-labhairt fòn) mus aontaich thu ris an t-siubhal.
- Bruidhinn mu dheidhinn agus aontaich siubhal gnothaich agus cosgaisean co-cheangailte ris an neach-obrach mus siubhail iad (far a bheil sin comasach).
- Dèanamh cinnteach gu bheil siubhal aig reat a' chlas choitchinn/eaconamaidh.
- Plana a dhèanamh airson caiteachas Siubhail is Chosgaisean taobh a-staigh do bhuidseit agus sùil a chumail air seo rè na bliadhna.
- Dèanamh cinnteach gu bheil rèiteachaidhean Siubhail is Chosgaisean ionadail co-chòrdail ri ùghdarras tiomnaichte agus cleachdaidhean tiomnaichte le sgiobaidhean no Sgiobaidhean Gnìomhachd no Sgìre. Mura h-eil am manaidsear loidhne aca ri fhaighinn, bhiodh e comasach do chuideigin co-dhiù aon ìre os cionn na h-ìre aca fhèin an riathanas aontachadh.
- Dearbhadh gu bheil iarrtas pongail. Ma tha mearachd san iarrtas feumaidh tu an t-iarrtas a dhiùltadh agus a chur air ais chun bhall no neach-obrach airson a cheartachadh no a dhearbhadh.

Your responsibilities as a manager/budget holder

You are expected to:

- Ensure your team understands and complies with the relevant policies.
- Ensure the health and safety of your team, including work life balance, is a key factor when planning and monitoring work and travel requirements in your team.
- Ensure spending on business travel expenses are appropriate, cost effective and properly controlled.
- Ensure that the best value route and method of transport is used. Also ensure that the employee has considered other means of doing business (i.e. video conference, conference calling) before approving the travel.
- Discuss and agree business travel and likely associated T&S costs with your employee prior to them travelling (where possible).
- Make sure travel is standard/economy class.
- Plan for T&S expenditure within your budget and monitor this during the year.
- Ensure local T&S arrangements are consistent with delegated authority and delegated practices with teams or Activity or Area Teams. If their line manager is unavailable, then someone at least one grade above their own would be able to approve the requirement.
- Confirm a claims factual accuracy. If the claim is inaccurate you must reject the claim and send it back to the member of employee for correction or verification.

10.2 Dleastanasan Ionmhais

Tha dleastanas air Luchd an Ionmhais airson:

- Cumail suas ri fiosrachadh agus a' toirt fiosrachadh seachad mu atharrachaidhean air riaghailtean HMRC.
- Iarrtasan a làimhseachadh gu pongail.
- Dèanamh cinnteach gu bheil iarrtasan chosgaisean air an sgrùdadh gu cunbhalach agus toraidhean air an aithris do luchd- obrach agus luchd-stiùiridh.

11.0 Buil Neo-ghèillidh

Tha uallach air gach neach-obrach, ball bùird agus neach-iarrtais airson nan iarrtasan chosgaisean a nì iad, agus faodaidh pròiseas smachdachaidh foirmeil èirigh air sgàth iarrtasan meallta sam bith.

Far an deach dòigh siubhail nas daoire a chleachdadh gun fhìreanachadh soilleir, thèid seo a cheasnachadh agus thèid an t- iarrtas a chuingealachadh mar a bhios iomchaidh. Ma tha an neach-iarrtais an còmhnaidh a' nochdadh iarrtasan neo- iomchaidh, is dòcha gun tòisichear gnìomh foirmeil ma dheidhinn.

Finance Responsibilities

Finance have responsibility for:

- Keeping abreast and informing of changes to HMRC regulations.
- Processing claims accurately.
- Ensuring regular audits of expenses claims are conducted and reporting their findings to employees and management.

Consequences of Non-Compliance

All employees, board members and claimants are responsible for their expenses claimed, and any false claims may result in a formal disciplinary process being followed.

Where a more expensive means of travel has been used without clear justification, this will be queried with the claimant and the claim restricted as appropriate. If the claimant consistently appears to make inappropriate claims, formal action may be appropriate.

REATAICHEAN SIUBHAIL IS CHOSGAISEAN ÈIFEACHDACH BHO 10 An t-Samhain 2020 Cuibhreann/Seòrsa Cosgais Reat		TRAVEL AND SUBSISTENCE RATES EFFECTIVE FROM 10 November 2020 Allowance/Expense Type Rate	
Leabaidh is Bracaist:	Cuidhteasan suas gu £120.00 (seach Lunnainn)	Accommodation - bed & breakfast (receipted)	Up to £120.00
Leabaidh is Bracaist:	Cuidhteasan suas gu £145.00 Lunnainn	Accommodation -bed & breakfast – London (receipted)	Up to £145.00
Fuireach còmhla ri Caraidean: Seòrsa Bith-beò Feumaidh an tagradh seo a bhith leis an Sgioba Ionmhais ron 15mh de gach mìos airson a chuir a-steach sa phàigheadh airson a' mhìos sin.	£37.40 Thèid an cuibhreann seo a phàigheadh tro rola-pàighidh Pàighidh BnG cosgaisean cìse is Àrachas Nàiseanta	Accommodation - staying with friends (no receipt required) This claim to be with the Finance Team by the 15 th of each month for inclusion in that's month's payroll.	£37.40 per 24 hours (Paid through payroll) BnG will pay tax and National Insurance
Bith-beò	Cuidhteasan suas gu £5.00 (thar 5 uairean a thìde, nas lugha na 10 uairean a thìde)	Day Subsistence Minimum journey time 5 hours (receipted)	Up to £5.00
Bith-beò	Cuidhteasan suas gu £15.00 (thar 10 uairean a thìde)	Day Subsistence Minimum journey time 10 hours (receipted)	Up to £15.00
Bith-beò	Cuidhteasan suas gu £25.00 (thar 15 uairean a thìde)	Day Subsistence Minimum journey time 15 hours (and ongoing at 8pm (receipted)	Up to £25.00
Siubhal Là is Oidhche Dhùthchannan Cèin	Sgioba Maoineachaidh airson reataichean	Foreign Travel Night & Day Subsistence	Apply to Finance Team for rates
Tachartasan Oifigeil Lòn Obrach Dinnear Obrach	Cuidhteasan suas gu £15.00 Cuidhteasan suas gu £30.00	Official Engagements Working Lunches Working Dinners	Payment receipts up to £15.00 Payment receipts up to £30.00
Reat Motair-rothair	24sg gach mìle airson gach meud einnsein.	Motor Cycle Allowance	£0.24 per mile
Cuibhreann Siubhail Àbhaisteach (CSA):	45sg gach mìle (suas gu 10,000 mìle)	Motor Mileage Rate (up to 10,000 miles per annum)	£0.45 per mile
Cuibhreann Siubhail Àbhaisteach (CSA):	25sg gach mìle (thar 10, 000 mìle) – Reat Mhìltean nas Ìsle	Motor Mileage Rate (in excess of 10,000 miles per annum)	£0.25 per mile
Reat Còmhhdhalach Phoblaich (RCP):	28sg gach mìle	Public Transport Allowance	£0.28 per mile
Suplamaid Luchd-siubhail	5sg gach neach- siubhail, gach mìle	Passenger Supplement	£0.05 per mile per passenger
Foirleionadh Uidheam	£0.02 gach mìle	Equipment Supplement	£0.02 per mile
Baidhsagal Priobhaideach	20sg gach mìle	Pedal Cycle Allowance	£0.20 per mile

HMRC = Her Majesty's Revenue & Customs
PTR = Public Transport Rate
GPC = Government Procurement Card

SMR = Standard Mileage Rate
PTE = Public Transport Equivalent
PIE = Personal Incidental Expenses

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT3

Cosgaisean Tuiteamais Pearsanta (CTP): (ri phàigheadh air gach oidhche air falbh)	£5 gach oidhche a' toirt a-steach botail uisge, cofaidh agus mar sin air adhart.	Personal Incidental Expenses Allowance (no receipt required)	£5.00 per night
---	---	--	------------------------

13. Smachd Sgrìobhainn/Document Control

Dreach <i>Version Number</i>	Adhbhar/Atharrachadh <i>Purpose/Change</i>	Ùghdar <i>Author</i>	Ceann-là <i>Date</i>



**Poileasaidh & Modhan-obrach
Obrachadh Sùbailte
Flexible Working Policy & Procedures**

Air aontachadh le/Approved by: Comataidh Poileasaidh is Goireasan

Air aontachadh air/Approved on: 01/09/2021

Lèirmheas a dhìth/Review due: 01/09/2023

Eadar-theangachadh dearbhte/translation checked: XXXXX

Clàr-innse	Index	Duilleag /Page
1 Adhbhar	Purpose	3
2 Rèis	Scope	3
3 Aithris a’ Phoileasaidh	Policy Statement	3
4 Modh	Procedure	5
5 Dreuchdan agus Dleastanasan	Roles and Responsibilities	6
Neach-obrach fa leth	Individual Employee	6
Stiùiriche-sreatha	Line Manager	7
Modh Tagraidh	Appeal Procedure	10
Èisteachd an Ath-tagraidh	The Appeal Hearing	10
Cùisean Corporra	Corporate Services	11
6 Conn-riaghailt nan Uairean Obrach	Working Time Regulations	11
7 Atharrachaidhean ri Teirmichean is Cumhaichean	Changes to Terms and Conditions	11
8 Measadh Buidh Co-ionannachd	Equality Impact Assessment	12
Leas-phàipear A:	Annex A:	
A’ Dèanamh Iarrtas	Making an Application	13
9 Smachd Sgrìobhainn	Document Control	14

Poileasaidh & Modhan-obrach Obrachadh Sùbailte

1 Adhbhar

Tha am poileasaidh seo a' cur an cèill mar a tha Bòrd na Gàidhlig an geall air luchd-obrach a chuideachadh gus cothrom riarachail a dhèanamh eadar obair agus beatha le bhith solarachadh pàtran agus ullachaidhean obrach eile. Mar sin, tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt cothrom don a h-uile neach-obrach iarraidh airson ullachadh obrach sùbailte a choinnicheas an dà chuid ri feumalachdan na buidhne agus an neach-obrach.

2 Rèis

Tha obrachadh sùbailte ri fhaighinn gus luchd-obrach a chuideachadh cothrom a dhèanamh eadar an obair aca agus na dleastanasan dachaigheil agus sunnd aca. Chan ann airson ceumannan sa gheàrr ùine a tha seo no 's dòcha gum biodh solarachadh airson fòrladh sònraichte nas iomchaidh.

Ged a tha am buidheann an geall air sreath as fharsainghe nam pàtran obrach a solarachadh dhan luchd-obrach agus bidh iad an còmhnaidh a' gabhail a-steach suidheachadh pearsanta an luchd-obrach, feumaidh an dà chuid, luchd-stiùiridh agus luchd-obrach a bhith practaigeach agus aithneachadh nach bi sreath nan roghainnean obrachaidh sùbailte air fad freagarrach airson a h-uile obair thar a h-uile roinn na buidhne.

3 Aithris a' Phoileasaidh

Tha am poileasaidh seo a' toirt comhairle do luchd-obrach air mar a tha còir air iarrras airson obrachadh sùbailte ag obair, an sreath cothroman obrachadh sùbailte a tha ri fhaighinn, agus an dleastanas againn, mar fhastaiche, gus beachdachadh gu da-rìribh air iarrrasan. Tha e cuideachd a' mìneachadh na còraichean agus dleastanasan aig a h-uile duine an sàs sa phròiseas.

Tha cothroman airson obrachadh sùbailte a' toirt buaidh don a h-uile duine: am buidheann, ar luchd-obrach, teaghlaichean ar luchd-obrach agus comann sòisealta na h-Alba air fad. Le bhith ag aithneachadh cùise na buidhne airson obrachadh sùbailte, cuidichidh sinn ann an luchd-obrach sgileil a chumail agus cosgaisean trusaidh a lùghdachadh; thogadh sin misneachd agus meudaichidh sin neo-làthaireachas; agus dèiligidh sinn gu h-èifeachdail ri

Flexible Working Policy & Procedures

Purpose

This policy sets out how Bòrd na Gàidhlig is committed to helping employees achieve a satisfactory work life balance through the provision of alternative working patterns and working arrangements. As such, Bòrd na Gàidhlig offers the opportunity for all staff to request a flexible working arrangement that will meet the requirements of both the organisation and the individual.

Scope

Flexible working is available to help employees balance their work and domestic responsibilities and wellbeing. It is not for short term measures or applying special leave provisions may be more appropriate.

Although the organisation is committed to providing the widest possible range of working patterns for its workforce and will always take the personal circumstances of employees into account, both management and employees need to be realistic and recognise that the full range of flexible working options will not be appropriate for all jobs across all areas of the organisation.

Policy Statement

This policy provides advice for all employees about how the right to request flexible working operates, the range of flexible working opportunities available, and our duty, as an employer, to consider requests seriously. It also details the rights and responsibilities of everyone involved in the process.

Flexible working opportunities benefit all: the organisation, our employees, our employee's families, and Scottish society as a whole. By recognising the business case for flexible working, we help retain skilled staff and reduce recruitment costs; raise morale and decrease absenteeism; and react effectively to any changes in business pressures.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT4

atharrachaidhean ann an cudroman obrach. Faodaidh obrachadh sùbailte cuideachd ar cuideachadh ann an 'Ath-ùrachadh an Àite-obrach' agus an dleastanas a th' againn ri dualchas nàdair na h-Alba a dìon le bhith lùghdachadh eimiseanan CO2 bhon obair againn - tro stiùireadh carbon sna h-oifisean agus siubhail againn, tro modhan-obrach nas uaine agus tro pròiseasan corporra seasmhach.

Airson luchd-obrach, faodaidh obrachadh sùbailte na comasan aca a leasachadh gus co-chothrom a dhèanamh eadar dleastanasan obrach agus an dachaigh. Faodaidh obrachadh sùbailte ciallachadh sreath phàtaran obrach neo-àbhaisteach agus eadar-dhealaichte.

Chan eil an t-sreath chothroman a tha ri faighinn òrdachail no mion. Ged a tha ro-bheachd ann gus cead a thoirt do obrachadh sùbailte a rèir feumalachdan na buidhne, bu chòir do stiùirichean-sreatha cùram a ghabhail nuair a thathar a' beachdachadh air iarrtas airson obrachadh sùbailte agus a' dearbhachadh an dòigh-fuasglaidh as fheàrr.

Tha dleastanas airson cead a thoirt do dh'iarrtasan airson obrachadh sùbailte aig an stiùiriche-sreatha. Faodaidh a h-uile neach-obrach Bhòrd na Gàidhlig aig a h-uile ìre iarrtas a dhèanamh airson obrachadh sùbailte.

Faodar iarrtas a dhèanamh a thaobh dreuchd sam bith. Ach, anns a h-uile cùis, feumar beachdachadh air gach iarrtas a thaobh feumalachdan na buidhne (faicibh fodha) agus ion-dhèantachd. Tha na riaghailtean a thaobh obair eile agus strithean eadar com-pàirtean a' buntainn ri luchd-obrach aig an taigh agus feumar cead airson obair airson neach-fastaidh eile no airson dreuchd saor-thoileach a lorg san dòigh àbhaisteach.

Faodar comhairle a bharrachd a lorg bhon Mhanaidsear Gnìomhan air sreath nan cothroman obrach sùbailte a tha ann agus dè dh'fheumar beachdachadh air.

Aithris a' Phoileasaidh Obrachadh aig an Taigh - Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh gum faod obrachadh aig an taigh a bhith na bhuaidh do luchd fa leth agus, mar sin, thathar ag amas ri ghabhail a-steach far a bheil e comasach agus iomchaidh.

Flexible working can also assist us in our commitment to help protect the natural heritage of Scotland by reducing the CO2 emissions from our work - through carbon management of our offices and travel, through greener behaviours and through sustainable corporate processes.

For employees, working flexibly can greatly improve their ability to balance home and work responsibilities. Flexible working can refer to a variety of different, non-standard working patterns.

The range of options available is neither prescriptive nor exhaustive. Although there is a presumption to allow flexible working subject to business requirements, line managers should use their discretion when considering a request to work flexibly and determine the best solution possible.

Responsibility for granting applications for flexible working lies with the line manager. All Bòrd na Gàidhlig employees at all grades can apply to work flexibly.

An application can be made in respect of any post. However, in all cases, consideration will need to be given to each application in terms of business need (see below) and feasibility. The rules on secondary employment and other conflicts of interest apply equally to home workers and permission to work for another employer or to carry out any other voluntary role should be sought in the normal way.

Further advice should be sought from the Operations Manager on the range of flexible working options available and what should be considered.

Home Working Policy Statement - Bòrd na Gàidhlig recognises that homeworking can be beneficial for individuals and, to this end, will seek to accommodate it wherever is reasonably possible.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT4

Cho fad 's a tha iomchaidh, tha am buidheann a' cleachdadh ullachaidhean obrach sùbailte. 'S e aon de na cothroman airson obrachadh sùbailte a dh'fhaodadh luchd-obrach iarraidh a th' anns a' phoileasaidh, obrachadh aig an taigh; bhathar a' toirt a-steach ag amas air balans nas fheàrr eadar beatha agus obair airson a h-uile neach-obrach.

As far as possible, the organisation operates flexible working arrangements. The home working policy is one of the flexible working options which can be requested by employees; it has been introduced with the aim of providing a better work life balance for all employees.

4 Modh

Faodaidh a h-uile neach-obrach le 26 seachdain seirbheis leantainneach aig Bòrd na Gàidhlig iarraidh airson ullachaidhean obrachadh sùbailte.

Procedure

All employees with 26 weeks continuous service with Bòrd na Gàidhlig can ask for flexible work arrangements.

Feumar nach do rinn luchd-obrach iarrrtas eile airson obrachadh sùbailte fon còir seo taobh a-staigh na 12 mìosan mu dheireadh.

Employees must not have made another application to work flexibly under this right during the past 12 months.

Tha còir aig luchd-obrach obrachadh sùbailte iarraidh - chan eil an còir aca obrachadh sùbailte fhaighinn.

Employees have the right to ask for flexible working - not the right to receive it.

Ma tha neach-obrach a' beachdachadh air iarrrtas a dhèanamh airson obrachadh sùbailte, bu chòir dhaibh beachdachadh air na h-amasan agus beachdan aca airson seo còmhla ris an stiùiriche-sreatha aca. Bu chòirear beachdachadh air dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig air an neach-obrach agus an sgioba aca agus, nas cudromaiche, a' bhuaidh a bhios aige air an obair aca. Aon uair is gun teid am beachdachadh seo a dhèanamh, bu chòir don iarrrtas a dhèanamh ann an sgrìobhadh agus a chur chun an stiùiriche-sreatha, a' mìneachadh a' chùis ghnothachais air a shon.

Employees considering making an application for flexible working, should first discuss their intentions and thoughts around why they wish to work flexibly with their line manager. The discussion should include how it might affect the employee and their team and, most importantly, the impact it will have on their work. Once this discussion has taken place, the request should then be put in writing to the line manager, outlining the business case for the application.

'S e uairean obrach sùbailte am pàtran as cumanta a thèid a chleachdadh le luchd-obrach. Thathar a' sealltainn seo anns na pàtranan obrach a leanas:

The most common pattern used by staff is flexible working hours. This is reflected in the following work patterns:

- Obrachadh pàirt-ùine - (cùmhnant a' toirt cothrom do neach-obrach gus ceudad de na h-uairean obrach àbhaisteach san t-seachdain obair)
- Uairean plùchta - (far a bheil neach-obrach ag obair nan uaireanan obrach aca thar seachdain obrachail nas giorra, m.e. 37 uairean ann an 4 seach 5 làithean)
- Obair co-roinnte - (cothrom airson neach-obrach 'leth' phàirt den obair làn-ùine obrachadh còmhla ri neach eile ag iarraidh an aon seòrsa ullachadh)

- Part time working – (a contract that offers to individuals the opportunity to work a percentage of standard weekly hours)
- Compressed hours – (the mechanism that allows an individual to work contracted hours over a shorter working week, e.g. 37 hours in 4 rather than 5 days)
- Job share – (the opportunity for an individual to work 'half' of a full-time job with another individual seeking similar arrangements)

- Obrachadh an taighe - (ag obair nan uairean obrach sa chùmhnannt aig an taigh seach san oifis)
- Ag obair bhon taigh - (far a bheil neach-obrach ag obair bhon taigh bho àm gu àm. Tha seo eadar-dhealaichte bho obrachadh an taighe oir 's e oifis Bòrd na Gàidhlig bun an neach-obrach. Faodaidh obrachadh bhon taigh a bhith na ullachadh ad hoc no foirmeil gus pàirt de na h-uairean obrach cùmhnanntail a dhèanamh bhon taigh.)
- Home working – (working contracted hours from home rather than an office)
- Working from home – (where an employee occasionally works from home. This differs from homeworking as a Bòrd na Gàidhlig office remains the employee's base. Working from home may be an ad hoc or formal arrangement to work part of contracted hours from home)

Ma thèid aontachadh le iarrtas airson obrachadh sùbailte bithear a' dèiligeadh leis mar atharrachadh maireannach teirmichean is cumhaichean an neach-obrach, mur urrainn co-aontachadh gur e atharrachadh sealach a bhios ann le tomhaisean-ùine aontaichte airson sgrùdadh air an cur air dòigh.

Any agreement to a request for flexible working will take effect as a permanent variation to the employee's terms and conditions, unless it is mutually agreed that this will be a temporary variation with agreed timescales of review in place.

5 Dreuchdan agus Dleastanasan

Neach-obrach fa leth

Feumaidh an iarrtas:

- tighinn a-staigh le ceann-latha agus ann an sgrìobhadh
- mìneachadh dè a' bhuidh, ma tha buaidh ann, a smaoinicheas an neach-obrach a bhios aig an atharrachadh air a' bhuidheann a thaobh an obair aca agus a' bhuidh air solarachadh a' chustamair.
- mìneachadh gu soilleir mar a thèid sgrùdadh a dhèanamh air plana obrach an neach-obrach agus air dè na builean a bhios coileanta
- innse dè a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig an iarrtas air buill eile an sgioba
- sealltainn nach bidh cosgaisean a meudachadh gu sònraichte air sgàth 's an iarrtais
- innse ciamar a chumas an neach-obrach suas conaltradh leis an sgioba aca
- ciamar, ann am beachd an neach-obrach, a thèid dèiligeadh le buaidhean sam bith mar seo

A bharrachd, bu chòir don neach-obrach:

- Comharraich dè pàtran obrachaidh sùbailte a tha air iarraidh;
- innse an ceann-latha air a bheil an neach-obrach ag iarraidh an t-atharrachadh tòiseachadh;
- innse ma chaidh iarrtas a dhèanamh roimhe,

Roles and Responsibilities

Individual Employee

The application must:

- be dated and in writing
- explain what effect, if any, the employee thinks the proposed change will have on the business in terms of their work and its impact on customer provision
- define clearly how the employee's job plan will be monitored and what outputs will be achieved
- indicate what impact the application may have on other members of the team
- demonstrate that the application will not result in a significant increase incosts
- indicate how the employee will maintain communications with their team
- how, in the employee's opinion, any such effects might be dealt with

The employee should also:

- specify the flexible working pattern applied for;
- indicate the date on which the employee wishes to commence the proposed change;
- indicate whether a previous application

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT4

- agus cuin;
- fiosrachadh agus docamaideadh slàn sholarachadh gus taic a thoirt do dh' iarrtas airson obrachadh sùbailte.

- has been made, and when;
- provide full details and documentation to support a request for flexible working.

Bidh an ìre de dh' fhiosrachadh a dhìth a rèir nan atharrachaidhean san iarrtas ach sa h-uile cùis air an sgàth-san bu chòir don neach-obrach a bhith cho soilleir 's as urrainn dhaibh. Tha e nas coltaiche gun tèid leis an iarrtas ma nì an neach-obrach ceangal soilleir ri feumalachdan na buidhne.

The level of detail required will depend on the desired changes but in all cases, it is in the employee's interest to be as clear and explicit as possible. The application is more likely to succeed if the employee can relate it clearly to the needs of the business.

Dìon airson luchd-tagraidh – Cha bhi dolaidh don neach-obrach air sgàth 's:

- iarrtas a-steach airson obrachadh sùbailte
- gu bheil an iarrtas soirbheachail
- gu bheil iad airson ath-thagradh a cho-dhùnadh

Protection for applicants – The employee will not be subject to detriment because they have:

- applied to work flexibly
- the application has been successful
- if the employee intends to appeal a decision

'S e ceann-latha an iarrtais an latha a gheibh an stiùiriche-sreatha e. Feumaidh an neach-obrach 28 làithean fhàgail airson beachdachadh air an iarrtas. Tha sruth-chlàr a' mìneachadh a' phròiseis agus na clàran-ama iomchaidh ceangailte ann an Leas-phàipear A.

The date of the application will be the date received by the line manager. The employee should allow up to 28 days for the application to be considered. A flow chart setting out the process and relevant time scales is attached at Annex A.

Stiùiriche-sreatha

Bu chòir stiùirichean-sreatha aithneachadh, ma thèid iad le iarrtas neach-obrach airson obrachadh sùbailte, gu feum iad am fiosrachadh a chaidh a chumail air PeopleHR ùrachadh, tro atharrachadh dleasan, gus na h-atharrachaidhean a shealltainn. Aig an aon àm bu chòir don stiùiriche-sreatha atharrachaidhean chùmhnannt a' dhearbhadh ann an sgrìobhadh chun an neach-obrach.

Line Manager

Line managers should note that, if they agree to allow an employee to work flexibly, they will be required to update information held on PeopleHR, through a change of assignment, to reflect the changes. In turn the line manager should confirm in writing contractual changes to the employee.

- beachdaichibh gu faiceallach air iarrtas sam bith airson obrachadh sùbailte
- dèiligeadh le iarrtasan taobh a-staigh tomhasan-ama òrdaichte
- dèanamh cinnteach gu bheilear a' cur an gnìomh dòigh-obrach co-sheasmhach
- ath-ùrachadh fiosrachadh air a chumail air PeopleHR
- stiùireadh iomchaidh a shireadh (m.e. bho Seirbheisean GD)

- consider any request for flexible working carefully
- deal with requests within prescribed timescales
- ensure that a consistent approach has been applied
- update information held on PeopleHR
- seek appropriate guidance (i.e. from HR Services)

Crìoch-ama - tha mion-fhiosrachadh air na crìochan-

Time limits - details of time limits are set out

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT4

ama air am mìneachadh ann an Leas-phàipear A. Bu chòir stiùirichean-sreatha aithneachadh gum faodar am meudachadh le aontachadh bhon neach-obrach.

at Annex A. Line managers should note that they can be extended with the agreement of the individual.

Bidh iarrtas obrachaidh sùbailte a thèid aontachadh a' ciallachadh atharrachadh maireannach. Thathar a' moladh gu bheil a' feuchainn an ullachadh sùbailte ainmichte airson suas gu 6 mìosan agus sgrùdadh a dhèanamh air às dèidh an ùine seo is ma tha e riarachail an dà chuid airson an neach-obrach agus an sreath-stiùiriche bidh e maireannach an uair sin. Tha còir aig luchd-obrach iarrtas a chur a-steach a-rithist airson atharrachadh anns na h-ullachaidhean obrach sùbailte aca às dèidh 12 mìosan ach chan eil e barantaichte gun tèid aontachadh leis.

A flexible working request that is subsequently approved will mean a permanent change. It is suggested the proposed flexible arrangement is initially trialled for up to 6 months after which time it is reviewed and if satisfactory for both the employee and the line manager the arrangement will become permanent. Employees retain the right to re-apply for a change to their flexible working arrangement after 12 months but there is no guarantee that this will be agreed to.

A' beachdachadh air iarrtas – tha dleastanas aig an stiùiriche-sreatha aontachadh a thoirt air a h-uile atharrachadh air pàtaran obrach ro làimh, a' gabhail a-steach a' bhuidhean a bhios aca air lìbhrigeadh na seirbheise agus feumalachdan na buidhne. Far a bheil e coltach gum faigh roinn na buidhne mòran iarrtasan aig aon àm, feumar sealladh corporra a lorg bho cheann na roinne gus dèanamh cinnteach as cunbhalachd.

Considering a request – the line manager has responsibility to approve all changes to working patterns in advance, taking into account the effect these will have on service delivery and the needs of the business. Where a business area is likely to receive a number of requests at any one time, a corporate view should be sought from the department head in order to ensure consistency.

Bu chòir don stiùiriche-sreatha beachdachadh air a h-uile iarrtas gu cothromach, gu mothachail agus le inntinn fhosgailte. Bu chòir don stiùiriche-sreatha cuideachd a bhith cunbhalach, a' dèiligeadh le iarrtasan bhon a h-uile duine gu cothromach, gun umhail do fheartan glèidhte (aois, ciorramachd, gnè, leatromachd no cùram leanab, cinneadh, creideamh/creud, pòsadh/com-pàirteachais shìobhalta no aidmheil cleamhnais).

The line manager should consider all requests objectively, sensitively and with an open mind. The line manager should also be consistent, treating requests from everyone equally, regardless of protected characteristic (age, disability, gender, pregnancy and maternity, race, religion/belief, marriage/civil partnership or sexual orientation).

Nuair a thathar a' beachdachadh air iarrtas bu chòir don stiùiriche-sreatha beachdachadh gu faiceallach air co-theacsa is buaidh sam bith an iarrtais air a' bhuidheann. 'S dòcha gu feum an stiùiriche-sreatha sealltainn air na buaidhean, chan ann a-mhàin air na caimhlichean tana aig an neach-obrach ach cuideachd taobh a-staigh co-theacsa stiùireadh a' phrògram agus mar a libhrigeas an sgioba fo buaidh seo.

When considering a request, the manager, should give careful consideration to the context of any impact any request may have upon the business. This may require the manager to look at the effects not just on the narrower confines of the individual but also within the context of programme management and how the affected team delivers this.

Mar seo bu chòir don stiùiriche-sreatha

As such the manager should consider:

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT4

beachdachadh air:

- ma tha dòigh nas sùbailte ann anns am faodar an obair a dhèanamh, a' gabhail a-steach ath-chumadh na h-obrach
- na buaidhean dàicheil air seirbhis a' chustamair
- cosgaisean sam bith agus ma bhios iad toirmeasgach
- mar a stiùireas an stiùiriche-sreatha rianachd coileanadh na h-ullachaidhean ùra
- buaidh a bhios aig an atharrachadh air an sgioba eile
- nuair a nì an stiùiriche-sreatha sgrùdadh air an ullachadh planaigte còmhla ris an neach-obrach
- whether the work can be carried out in a more flexible way, including job reshaping
- the likely effects on customer service
- any costs and whether they will be prohibitive
- how the manager will supervise and performance manage the new arrangements
- the impact of the change on the rest of the team
- when the manager will review the planned arrangement with the employee

A' diùltadh iarrtas - Bu chòir don stiùiriche-sreatha beachdachadh gu faiceallach air an iarrtas agus, às dèidh seo, ma tha iad airson an iarrtas airson obrachadh sùbailte a dhiùltadh, feumaidh an stiùiriche-sreatha sgrìobhadh chun an neach fa leth:

- ag innse bhun-adhbharan a' ghnòthachais airson an iarrtas a dhiùltadh
- a' mìneachadh carson a tha adhbharan a' ghnòthachais iomchaidh
- a' cur a-mach modhan tagradh
- bu chòir gum bi ceann-latha air an litir agus leth-bhreac air a chur gu Manaidsear Gnìomhan, Cùisean Corporra.
- Refusing a request – The manager should fully consider the request and if after this, they wish to refuse the request to work flexibly, the manager should write to the individual:
- stating the business grounds why the application has been rejected
- explaining why the business reasons apply
- setting out the appeals procedure
- the letter should be dated and a copy sent to Operations Manager, Corporate Services.

Dè th' ann an bun-adhbharan a' ghnòthachais? – Chan fhaodar iarrtasan a dhiùltadh ach air aon no barrachd de na bun-adhbharan a leanas:

- eallach cosgaisean a bharrachd
- buaidh millteach air comas coinneachadh ri feumalachdan a' chustamair
- neo-chomas obair ath-eagraicheadh am measg luchd-obrach eile
- neo-chomas luchd-obrach a bharrachd a trusadh
- buaidh millteach air càilidheachd
- buaidh millteach air coileanadh
- dìth obair anns na h-amannan ris a bheil an neach-obrach an dùil obrachadh
- atharrachaidhean structarach ris a bheilear an dùil
- What are business grounds? – Applications can only be refused on one or more of the following grounds:
- burden of additional costs
- detrimental effect on the ability to meet customer need
- inability to reorganise work among existing staff
- inability to recruit additional staff
- detrimental impact on quality
- detrimental impact on performance
- insufficiency of work during the periods the employee proposes to work
- planned structural changes

Bu chòir gum bi am mìneachadh sìmplidh agus gun sgleò-chainnt. Feumaidh e ceangail soilleir a dhèanamh ri suidheachadh san àite obrach, bruidhinn gu sònraichte air bun-adhbhar a' ghnòthachais agus a bhith freagarrach ris an iarrtas.

The explanation should be simple and avoid jargon. It should clearly relate to the situation in the work area, refer specifically to the business ground and be relevant to the request.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT4

Feumaidh an stiùiriche-sreatha comhairle a thoirt don neach-obrach gum feum an còir aca ath-tagradh a' cho-dhùnadh a bhith ann an sgrìobhadh chun a' Mhanaidsear Ghnìomhan a' mìneachadh nan adhbharan aig an neach-obrach airson an ath-beachdachadh air an iarrtas.

The line manager must advise any employee that their right to appeal against the decision must be in writing to the Operations Manager detailing the grounds on which the employee would like the request to be reconsidered.

Modh Tagraidh

Ma tha an neach-obrach mi-thoilichte leis a' cho-dhùnadh a chaidh a dhèanamh agus tha iad airson ath-tagradh, cuiridh iad tagradh ann an sgrìobhadh agus taobh a-taigh 14 làithean chun a' Mhanaidsear Ghnìomhan. Feumaidh an litir tagraidh a bhith soilleir air na pàirtean a' cho-dhùnadh leis nach eil iad toilichte, roinnean sònraichte an iarrtas aca air a bheil iad a' tagradh, a' mìneachadh fiosrachadh ùr nach deach beachdachadh air roimhe no a' mìneachadh trioblaidean sam bith leis a' phròiseas. Chan e dòigh gus an iarrtas tùsail a cluinntinn a-rithist a th' ann an ath-tagradh.

Appeal Procedure

If the employee is not satisfied with the decision made and they wish to appeal, they will submit in writing and within 14 days, an appeal to the Operations Manager. The letter of appeal should be clear about which aspects of the decision they are dissatisfied with, which specific areas of their application they wish to appeal against, detailing new information which has not been considered previously or detailing any issues with the process. An appeal is not a mechanism to re-hear the original request.

Ullachaidh am Manaidsear Ghnìomhan airson manaidsear an tagraidh a tha aig ìre nas àirde sa bhuidheann bho manaidsear a bh' aig a choinneamh mu dheireadh gus an ath-thagradh a chluinntinn.

The Operations Manager will arrange for an appeal manager who is usually more senior to the previous meetings manager to hear the appeal.

Cuiridh manaidsear an tagraidh coinneamh air dòigh còmhla ris na pàrtaidhean iomchaidh, taobh a-staigh 14 làithean bhon a fhuair iad an ath-thagradh sgrìobhte.

The appeal manager will arrange a meeting with the relevant parties, within 14 working days of receipt of the written appeal.

Èisteachd an Ath-tagraidh

Tha an còir aig neach-obrach tighinn dhan èisteachd còmhla ri co-obraiche bho thaobh a-staigh Bòrd na Gàidhlig no riochdaire creideasach an Aonaidh Ciùird.

The Appeal Hearing

An employee has the right to be accompanied at a hearing by a colleague from within Bòrd na Gàidhlig, or an accredited trade union representative.

Ro èisteachd an ath-thagraidh gheibh manaidsear an tagraidh a h-uile pìos fianais agus fiosrachaidh nua-aimsireach.

Prior to the appeal hearing the appeal manager will obtain all the available evidence and information to date.

Rè èisteachd an ath-thagraidh beachdaichidh manaidsear an tagraidh air na h-adhbharan a chaidh a thoirt airson ath-thagradh, ann an co-theacsa reusantachd a bhathar a' cleachdadh anns a' cho-dhùnadh tùsail, am modh a chaidh a leantainn agus fiosrachadh ùr sam bith a tha air èirigh as ùr.

During the appeal hearing the appeal manager will consider the reasons submitted for the appeal, in the context of reasonableness applied in the original decision, the procedure that was followed and any new information that may have come to light

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT4

Ma thèid cùisean ùra a thogail mar phàirt den ath-thagraidh, no ma thathar a' creidsinn gum feumar ath-thadhal air cùisean a bh'ann roimhne sin, 's dòcha gum feumar rannsachadh a' bharrachd a tharraing a-mach.

If new matters are raised as part of the appeal, or if it is believed that earlier matters should be revisited, further investigation may need to be carried out.

Às dèidh èisteachd an ath-thagraidh, faodaidh an co-dhùnadh a bhith gus:

Following appeal hearing, the decision may be to:

- aontachadh ris a' cho-dhùnadh tùsail,
- dol an aghaidh a' cho-dhùnaidh tùsail agus aontachadh a thoirt do dh'iarrrtas an neach-obrach

- confirm the original decision,
- revoke the original decision and grant the employee's request

Thèid fios a thoirt don neach-obrach air buil an iarrrtais aca ann an sgrìobhadh taobh a-staigh 14 latha.

The employee will be informed of the outcome of the appeal meeting within 14 days.

Cùisean Corporra

Tha dleastanas aca gus:

- taic a thoirt do stiùirichean-sreatha agus luchd-obrach air eadar-mhìneachadh poileasaidh agus stiùireadh ceangailte ri obrachadh sùbailte

Corporate Services

Have the responsibility to:

- support managers and employees on the interpretation of all policy and guidelines relating to flexible working

6 Conn-riaghailt nan Uairean Obrach

Bu chòir fios a bhith aig luchd-obrach agus stiùirichean-sreatha air na tha am broinn [Conn-riaghailt nan Uairean Obrach](#) nuair a thathar a' beachdachadh air roghainnean obrachadh sùbailte agus am buaidhean. Airson mìneachadh slàn air mar a dh'fhaodadh buaidh a bhith aig Conn-riaghailt nan Uairean Obrach air iarrrtas airson obrachadh sùbailte, till chun a' Mhanaidsear Ghnìomhan.

Working Time Regulations

Employees and managers should be aware of the contents of the [Working Time Regulations](#) when considering flexible working options and their effects. For a full explanation of how the Working Time Regulations may affect a flexible working request, please refer to the Operations Manager.

7 Atharrachaidhean ri Teirmichean is Cumhaichean

Bidh iarrrtas aontaichte a' ciallachadh atharrachadh maireannach ri teirmichean is cumhaichean an neach-obrach fhèin air neo mur eil e aontaichte.

Changes to Terms and Conditions

An accepted application will mean a permanent change to the employee's own terms and conditions unless agreed otherwise.

Ma 's ann airson ùine stèidhichte a tha an t-atharrachadh san obair, feumar seo a mhìneachadh gu soilleir ann an brath a' cho-dhùnaidh, le aire a thoirt air an ceann-latha airson tilleadh dhan dòigh obrach a bh' ann roimhe.

If the change in working practice is for a set period of time, then this should be clearly detailed in the notification of decision with the date noted for reverting back to previous working practice.

Le neo-laithearachd an fhiosrachadh seo bidh an t-atharrachadh beachdaichte maireannach.

In the absence of this information the change will be considered permanent.

Thèid na h-atharrachaidhean do theirmichean is

The changes to the employee's terms and

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT4

cumhaichean an neach-obrach a' solarachadh ann an cùmhnannt obrach ath-sgrùdaichte. Seallaidh seo gu soilleir na h-uairean obrach, pàigheadh agus buaidhean ceangailte sam bith.

conditions will be provided for in a revised contract of employment. This will clearly state the hours of work, the remuneration and any associated benefits.

Feumaidh luchd-obrach a thuigsinn gur dòcha gum bi buaidh air an tuarastal aca agus air sochairean a bharrachd bho atharrachaidhean sna h-uairean obrach aca air sgàth 's nach biodh iad a càileachadh airson feadhainn de rudan no na sochraichean a lùghdachadh a rèir.

Employees should be clear that changes to their hours of work may affect their total salary and any additional benefits as they may no longer qualify for certain things or have the benefits reduced pro-rata.

8 Measadh Buaidh Co-ionannachd

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh an dleastanas a th' aige gus dèanamh cinnteach nach bidh duine sam bith air an leth-breith no ana-chothromachadh air sgàth aois, ciarramachd, ath-dhealbhadh gnè, pòsaidh is com-pàirteachais shìobhalta, leatromachd is màthaireachd, cinnidh, cràbhadh no creideamh, gnè no aidmheil cleamhnais.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex or sexual orientation.

Tha am poileasaidh seo air a' sgrùdadh tro mheasadh buaidh co-ionannachd gus co-ionannachd a chomasachadh.

This policy has been screened through an equality impact assessment to enable equality.

<p>Leas-phàipear A: A’ Dèanamh Iarrtas Dèan iarrtas:</p>	<p>Annex A: Making an Application Make application:</p>						
<p>• Ann an sgrìobhadh • Ri stiùiriche-sreatha</p> <p>↓</p> <p>Taobh a-staigh 28 làithean coinnichidh an stiùiriche-sreatha ri neach-obrach gus bruidhinn air iarrtas</p> <p>↓</p> <table border="0"> <tr> <td data-bbox="193 568 550 896"> <p>Aontachadh air iarrtas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ath-ùraichidh stiùiriche-sreath PeopleHR • Sgrìobhaidh stiùiriche-sreatha ri neach-obrach • Aontachadh air pàtran obrach ùr agus ceann-latha tòisichidh </td> <td data-bbox="550 568 927 896"> <p>Diùltadh air iarrtas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cuiridh sreath-stiùiriche fios do Chùisean Corporra • Sgrìobhaidh sreath-stiùiriche ri neach-obrach ag innse adhbharan airson diùltadh agus airson tagraidh. </td> </tr> </table> <p>↓</p> <p>Taobh a-staigh 14 làithean – ni an neach-obrach tagradh</p> <p>↓</p> <p>Taobh a-staigh 14 làithean - coinneamh tagraidh ga chumail</p> <p>↓</p> <p>Tagradh soirbheachail: Taobh a-staigh 14 làithean:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Sgrìobhaidh sreath-stiùiriche ri neach-obrach • Far a bheil am pàtran obrach gu bhith sealach, bu choir tomhaisean-ùine airson sgrùdadh a bhith air aontachadh. • Aontachadh air pàtran obrach ùr agus ceann-latha 	<p>Aontachadh air iarrtas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ath-ùraichidh stiùiriche-sreath PeopleHR • Sgrìobhaidh stiùiriche-sreatha ri neach-obrach • Aontachadh air pàtran obrach ùr agus ceann-latha tòisichidh 	<p>Diùltadh air iarrtas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cuiridh sreath-stiùiriche fios do Chùisean Corporra • Sgrìobhaidh sreath-stiùiriche ri neach-obrach ag innse adhbharan airson diùltadh agus airson tagraidh. 	<p>• In writing • To manager</p> <p>↓</p> <p>Within 28 days manager will meet with employee to discuss application</p> <p>↓</p> <table border="0"> <tr> <td data-bbox="927 568 1189 896"> <p>Application agreed:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager updates PeopleHR • Manager writes to employee • Agree new work pattern and start date </td> <td data-bbox="1189 568 1492 896"> <p>Application refused:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager advises Corporate Services • Manager writes to employee’s state grounds for refusal and appeal </td> </tr> </table> <p>↓</p> <p>Within 14 days – employee appeals</p> <p>↓</p> <p>Within 14 days - appeal meeting held</p> <p>↓</p> <table border="0"> <tr> <td data-bbox="927 1153 1189 1478"> <p>Appeal successful: Within 14 days:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager writes to employee </td> <td data-bbox="1189 1153 1492 1478"> <p>Appeal fails:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Appeal manager writes to employee </td> </tr> </table> <p>↓</p> <ul style="list-style-type: none"> • Where new work pattern is on a temporary basis, timescales for review should be agreed. • Agree new work pattern and start date 	<p>Application agreed:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager updates PeopleHR • Manager writes to employee • Agree new work pattern and start date 	<p>Application refused:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager advises Corporate Services • Manager writes to employee’s state grounds for refusal and appeal 	<p>Appeal successful: Within 14 days:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager writes to employee 	<p>Appeal fails:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Appeal manager writes to employee
<p>Aontachadh air iarrtas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ath-ùraichidh stiùiriche-sreath PeopleHR • Sgrìobhaidh stiùiriche-sreatha ri neach-obrach • Aontachadh air pàtran obrach ùr agus ceann-latha tòisichidh 	<p>Diùltadh air iarrtas:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cuiridh sreath-stiùiriche fios do Chùisean Corporra • Sgrìobhaidh sreath-stiùiriche ri neach-obrach ag innse adhbharan airson diùltadh agus airson tagraidh. 						
<p>Application agreed:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager updates PeopleHR • Manager writes to employee • Agree new work pattern and start date 	<p>Application refused:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager advises Corporate Services • Manager writes to employee’s state grounds for refusal and appeal 						
<p>Appeal successful: Within 14 days:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Manager writes to employee 	<p>Appeal fails:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Appeal manager writes to employee 						

tòisichidh

9.

Dreach <i>Version Number</i>	Adhbhar/Atharrachadh <i>Purpose/Change</i>	Ùghdar <i>Author</i>	Ceann-là <i>Date</i>

Smachd Sgrìobhainn/Document Control



Poileasaidh Fòrlaidh (a' toirt a-steach Fòrladh Sònraichte) Leave Policy (including Special Leave)

Air aontachadh le/Approved by: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Air aontachadh air/Approved on: 01/09/2021

Lèirmheas a dhìth/Review due on: 01/09/2023

Eadar-theangachadh dearbhte/translation checked: **xxxxx**

Clàr-innse	Index	Duilleag/ Page
1 Adhbhar	Purpose	3
2 Farsaingeachd	Scope	3
3 Aithisg Poileasaidh	Policy Statement	4
4 Modh-obrach	Procedure	4
5 Dreuchdan agus Dleastanasan	Roles and Responsibilities	5
Manaidsear-loidhne:	Line manager	5
An Neach-obrach	Individual employee	6
Manaidsearan Co-shoidhneachaidh	Countersigning Managers	6
Seirbheisean Corporra	Corporate Services	6
6 Seòrsaichean Fòrladh Sònraichte	Types of Special Leave	6
FÒRLADH SÒNRAICHTE PÀIGHTE	PAID SPECIAL LEAVE	7
Fòrladh Luchd-cùraim	Carers Leave	7
Èiginn san Dachaigh	Domestic Emergency or Crisis	7
FÒRLADH SÒNRAICHTE NEO-PHÀIGHTE	UNPAID SPECIAL LEAVE	9
FÒRLADH SÒNRAICHTE AIR ADHBHAR NEO-DHACHAIGHEIL	SPECIAL LEAVE FOR NON-DOMESTIC PURPOSES	9
FAR AM FEUMAR FÒRLADH SÒNRAICHTE A CHEADACHADH	WHERE SPECIAL LEAVE MUST BE APPROVED	10
7 Buaidh air teirmichean is cumhaichean luchd-obrach	Effects on employees' terms and conditions	10
8 Diùltadh iarrtais	Refusal of a request	11
9 Còir agus cumhaichean shaor-làithean	Holiday entitlement and conditions	11
LÀITHEAN POBLACH/BANCA	PUBLIC/BANK HOLIDAYS	12
A' FÀS TINN RÈ ÙINE DE SHAOR-LÀITHEAN	FALLING ILL DURING A PERIOD OF ANNUAL LEAVE	12
10 Measadh Buaidh air Co-ionannachdan	Equality Impact Assessment	12
11 Smachd Sgrìobhainn	Document control	14

Poileasaidh Fòrlaidh

1 Adhbhar

Tuigidh Bòrd na Gàidhlig gum bi amannan ann nuair a dh'fhuilingeas luchd-obrach tachartasan susbainteach nam beatha ris nach robh dùil aca a dh'adhbhraicheas ùine dheth bhon obair. Tha a' Bhuidheann dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach a' faighinn taic, far an gabh sin a dhèanamh, ma nochdas suidheachadh den leithid.

Tha am poileasaidh seo a' mìneachadh mar a bhios Bòrd na Gàidhlig a' riaghladh fòrladh sònraichte ann an dòigh a tha cunbhalach agus cothromach.

2 Farsaingeachd

Tha fòrladh sònraichte ann gus luchd-obrach a chuideachadh a' dèiligeadh ri suidheachaidhean èiginn dachaigheil a dh'èiricheas gun fhiosta no suidheachaidhean neo-dachaigheil leithid seirbheis diùraidh, trèanadh fheachdan glèidhte, obair shaor-thoileach, no a bhith a' gabhail os làimh dleastanasan poblach msaa, a bhios a' tachairt bho àm gu àm.

Chan eil an raon de shuidheachaidhean a tha air a mhìneachadh òrdachail no iomlan agus bidh manaidsair-loidhne an neach-obraich a' cleachdadh breithneachadh agus roghainn ann a bhith a' dèiligeadh ri iarrtasan. Bidh co-fhaireachdainn aca, gu sònraichte nuair a dh'fhaodadh an suidheachadh air cùl an iarrtais a bhith draghail no duilich don neach-obrach.

Buinidh am poileasaidh seo ri luchd-obrach làn-ùine agus pàirt-ùine air cùmhnant maireannach no teirm stèidhichte agus ri pearsachan co-cheangailte leithid dhaoine air fo-fhastadh.

Bho àm gu àm faodar stiùireadh sònraichte a thoirt seachad gus dèiligeadh ri tachartasan sònraichte nach eil air an còmhdach sa phoileasaidh seo.

Tha am poileasaidh seo cuideachd a' toirt a-steach poileasaidh agus stiùireadh airson fòrladh bliadhnail.

Leave Policy

Purpose

Bòrd na Gàidhlig understands its employees may experience significant and unexpected life events that require time off from work. The Organisation is committed to ensuring its employees are supported, wherever possible, if such circumstances arise.

This policy sets out how Bòrd na Gàidhlig will manage special leave in a consistent and fair manner.

Scope

Special leave is available to help employees deal with those unexpected domestic crises or emergencies or non-domestic reasons such as jury service, reserve forces training, volunteering, or undertaking public duties etc, which occur from time to time.

The range of situations described is neither prescriptive nor exhaustive and the employees line manager will use judgment and discretion in dealing with applications. They will be sympathetic, particularly when the circumstances surrounding the application may be distressing or traumatic for the employee.

This policy applies to full time and part time employees on a permanent or fixed term contract and to associated persons such as secondees.

From time-to-time specific guidance may be issued to cover specific events not covered by this policy.

This policy also includes the policy and guidance for annual leave arrangements.

3 Aithisg Poileasaidh

Annas a' chiad dhol a-mach, thathar an dùil gun cleachd luchd-obrach cuid de na saor-làithean bhliadhnail aca (faic earrann 9 airson còir agus cumhaichean saor-làithean) no fòrladh Ùine Dheth an Àite (TOIL) gus dèiligeadh ri cùisean beaga dachaigheil no pearsanta m.e. gus coinneamhan meidigeach no fiaclaireachd a fhrithealadh. Ach leis gu bheil fòrladh bhliadhnail airson luchd-obrach a chuideachadh a thaobh cothromachadh beatha-obrach, agus an urra ris an uiread shaor-làithean bliadhnail a chaidh a thional a tha air fhàgail, faodaidh am manaidsèar-loidhne, ann an co-cheangal ris a' mhanaisèar-loidhne aca fhèin, aontachadh gum faigh neach-obrach fòrladh sònraichte mus bi an còir fòrladh bhliadhnail aca air a chaitheamh.

Faodaidh manaidsèar-loidhne an neach-obrach, ann an co-bhonn ris a' mhanaisèar-loidhne aca fhèin, cead a thoirt seachad airson suas ri 5 latha fòrladh sònraichte pàighe ann an ùine 12-mios sam bith, gus luchd-obrach a chuideachadh a' dèiligeadh ri suidheachadh èiginn dachaigheil sa ghearr ùine. Ann an suidheachaidhean sònraichte, faodaidh am manaidsèar-loidhne, ann an co-cheangal ris a' mhanaisèar-loidhne aca fhèin, 5 latha a bharrachd a cheadachadh. Faodar fòrladh sònraichte gun phàigheadh aontachadh airson suas ri 20 latha.

Faodar fòrladh sònraichte, le pàigheadh no gun phàigheadh, a thoirt seachad gus dèiligeadh ri diofar shuidheachaidhean dachaigheil no neo-dhachaigheil. Feumaidh co-dhùnaidhean mu bhith a' ceadachadh iarrtasan airson fòrladh sònraichte agus an uiread fòrladh sònraichte a tha iomchaidh beachdachadh air suidheachaidhean fa-leth agus feumalachdan na h-obrach.

4 Modh-obrach

Ma tha luchd-obrach den bheachd gu bheil fòrladh sònraichte iomchaidh, bu chòir dhaibh bruidhinn ris a' mhanaisèar-loidhne aca agus seo a leantainn le iarrtas tro phost-d, ro-làimh far an gabh sin dèanamh. Ach, ann an cuid de shuidheachaidhean, dh'fhaodadh gum bi na h-adhbharan airson fòrladh sònraichte iarraidh air leth prìobhaideach agus is dòcha gum bi an neach-obrach nas comhfhurtail bruidhinn ri manaidsèar no stiùiriche eile, agus anns na suidheachaidhean sin, faodar bruidhinn ri stiùiriche eile.

Policy Statement

In the first instance, employees are expected to use some of their annual leave (please see section 9 for holiday entitlement and conditions) or Time off in Lieu (TOIL) leave to cover minor domestic or personal matters e.g., to attend medical or dental appointments. However as annual leave is intended to help employees to achieve a work life balance, and dependent upon the amount of accrued annual leave employees have remaining, the line manager, in liaison with their line manager, may agree for an employee to take special leave before annual leave entitlement is exhausted.

The employee's line manager, in liaison with their line manager, can authorise up to 5 days paid special leave in any 12-month rolling period, to help employee deal with a short-term domestic emergency or crises. In exceptional circumstances, the line manager, in liaison with their line manager, can authorise an additional 5 days. Unpaid special leave can be approved for up to a period of 20 days.

Special leave, either paid or unpaid, may be granted to deal with various domestic or non-domestic situations. Decisions about whether to approve applications for special leave and the amount of special leave which is appropriate must consider individual circumstances and the organisational needs.

Procedure

If employees consider that special leave may be appropriate, they should discuss the situation with their line manager and follow this up by making an application via email, in advance wherever possible. However, in some circumstances, the reasons for requesting special leave may be of a sensitive nature and the staff member may feel more comfortable speaking to another manager or director, in these circumstances, it is possible to

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT5

Bu chòir don neach-obrach a bhith deònach làn fhiosrachadh a thoirt seachad mun fheum air a bhith dheth bhon obair, leithid gairm a bhith a' nochdadh sa chùirt, mar thaic don iarrtas aca. Ma tha an suidheachadh cho dona no cho èiginneach is nach eil e comasach iarrtas a dhèanamh ro-làimh, faodaidh manaidsear-loidhne an neach-obrach aontachadh gun tèid seo a dhèanamh às dèidh làimh, agus sa chùis seo feumar a dhèanamh sa bhad nuair a thilleas an neach-obrach air ais a dh'obair.

Mura h-eil suidheachadh air a chòmhdach san stiùireadh seo, is dòcha gum feum am manaidsear-loidhne bruidhinn mun chùis le Seirbheisean Corporra. Ma thachras sin, mar as trice thèid cead a thoirt don neach-obrach a bhith dheth agus nuair a thilleas iad a dh'obair, no nas tràithe ma ghabhas sin dèanamh, thèid innse dhaibh an deach fòrladh sònraichte, pàighte no gun phàigheadh a' cheadachadh no am feumar an neo-làthaireachd a chòmhdach le fòrladh bliadhna no le fòrladh TOIL.

Innsidh manaidsear-loidhne an neach-obrach dhaibh mu thoradh an iarrtais aca airson fòrladh sònraichte taobh a-staigh 28 latha mura e iarrtas a th' ann airson fòrladh pàighte sònraichte ann an cùis èiginn no suidheachadh ris nach robh dùil.

Ma tha coltas ann gum bi an neach-obrach air falbh bhon sgioba aca ùine mhòr air fòrladh sònraichte gun phàigheadh, bu chòir dhaibh aontachadh le co-obraiche no manaidsear-loidhne fiosrachadh fhaighinn mu na tha a' tachairt sa bhuidhinn mus fhalbh iad, agus cuideachd bu chòir dhaibh tricead conaltraidh aontachadh.

5 Dreuchdan agus Dleastanasan

Manaidsear-loidhne:

- Beachdaich air iarrtas sam bith airson fòrladh sònraichte
- Dèilig gu sgiobalta ris an iarrtas
- Dèan cinnteach gu bheil a' cleachdadh dòigh-obrach chunbhalach a thaobh gach iarrtas airson fòrladh sònraichte, ged nach eil seo a' ciallachadh gum faigh a h-uile neach-obrach an aon bhuil oir

speak to another director.

Employee should be prepared to provide full details of the need for their absence, such as a citation to appear in court, in support of their request. If the circumstances are so serious or urgent that advance application is not possible, the employees line manager can agree to this being done retrospectively, in which case it must be done immediately on return to work.

If a situation is not covered in this guidance, the line manager may have to discuss the situation with Corporate Services. In that case, the employee will usually be given permission to be absent and on their return to work, or earlier if possible, they will be advised whether special leave, paid or unpaid, has been allowed or whether the absence will have to be covered by annual leave or by TOIL leave.

The employees line manager will inform them of the outcome of their application for special leave within 28 days unless it is an application for paid special leave in the event of an emergency or an unanticipated situation.

If the employee is likely to be away from their team for a prolonged period of time under unpaid special leave arrangements, they should agree with a colleague or line manager before their departure, for them to keep the employee updated with what is happening in the organisation as well as agreeing the frequency of contact.

Roles and Responsibilities

Line manager

- Consider any request for a period of special leave
- Deal promptly with the request
- Ensure that a consistent approach is applied to each request for special leave, this does not necessarily mean employees will receive the same

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT5

dh'fhaodadh suidheachaidhean pearsanta a bhith eadar-dhealaichte

- Co-obrach le Seirbheisean Corporra gus comhairle agus stiùireadh a shireadh a thaobh mìneachadh a' phoileasaidh seo far a bheil sin iomchaidh
- Ann an cùisean de 'shuidheachadh air leth' thoir làn fhiosrachadh don mhanaidsear-loidhne agad airson an aonta no a caochladh, gus am fòrladh sònraichte pàighte a leudachadh
- Dèan cinnteach gu bheil neo-làthaireachd an neach-obrach air a chlàradh gu ceart agus ùghdarraichte ann an SharePoint

An Neach-obrach fa leth

- Leugh agus tuig am poileasaidh a thaobh a bhith ag iarraidh fòrladh sònraichte
- Thoir seachad làn fhiosrachadh agus sgrìobhainnean gus taic a thoirt do dh'iarrtas airson seòrsa sam bith de dh'fhòrladh sònraichte leis a' mhanaidsear-loidhne agad
- Dèan cinnteach gu bheil fiosrachadh mun fhòrladh shònraichte agad air a chlàradh ann an SharePoint
- Dèan ullachadh gus an cùm co-obraiche no do mhanaidsear fios riut rè ùine fòrladh sònraichte
- Tuig gur e cosgais don bhuidhinn a th' ann am fòrladh sònraichte pàighte agus feumar a chleachdadh ann an suidheachaidhean èiginneach ris nach robh dùil seach mar a tha ga mhìneachadh fo phuing 6

Manaidsearan Co-shoidhneachaidh

- Beachdaich air iarrtasan airson fòrladh sònraichte ann an cùisean de 'shuidheachaidhean air leth'
- Dèilig gu sgiobalta ris an iarrtas

Seirbheisean Corporra

Cuidich manaidsearan agus luchd-obrach air mìneachadh agus cur an gnìomh a' phoileasaidh fòrladh sònraichte

outcome as personal situations may differ

- Liaise with Corporate Services and to seek advice and guidance regarding the interpretation of this policy where appropriate
- In cases of 'exceptional circumstances' provide full detail to your line manager for their approval or not, to extend the period of paid special leave
- Ensure that the employee's absence from work is correctly recorded and authorised in SharePoint

Individual employee

- Read and understand the policy in relation to requesting a period of special leave
- Provide full details and documentation to support a request for any type of special leave with your line manager
- Ensure that details of your special leave are recorded in SharePoint
- Make arrangements for a colleague or your manager to keep you updated during the period of special leave
- Understand that paid special leave is a cost to the organisation and is to be utilised in emergency, non-anticipated situations except as detailed under point 6

Countersigning Managers

- Consider requests for cases of 'exceptional circumstances' periods of special leave
- Deal promptly with the request

Corporate Services

Assist managers and employees on the interpretation and application of the special leave policy

6 Seòrsaichean Fòrladh Sònraichte

Tha na suidheachaidhean as cumanta far am biodh dùil gum biodh fòrladh sònraichte ceadaichte air am

Types of Special Leave

The most common circumstances in which special leave would normally be

Seisean Fosgailte Cuspair 5.1 PT5

mìneachadh gu h-ìosal.

Chan eil an liosta shuidheachaidhean seo iomlan; agus cha bu chòir gabhail ris gum bi fòrladh sònraichte iomchaidh sa h-uile cùis. Ann an cuid de shuidheachaidhean dh'fhaodadh gum biodh e nas iomchaidh beachdachadh air rèiteachaidhean obrach sùbailte seach fòrladh sònraichte a thoirt seachad m.e., ma tha coltas ann gu bheil feum air an ùine dheth bhon obair air stèidh fhada no leantainneach.

FÒRLADH SÒNRAICHTE PÀIGHTE

Fòrladh Luchd-cùraim

Is dòcha gum bi fòrladh sònraichte le pàigheadh ri fhaighinn do luchd-obrach aig a bheil dleastanasan cùraim cunbhalach is susbainteach do chuideigin le tinneas, laigse no ciorram fad-ùine. Faodar fòrladh sònraichte a thoirt seachad gus leigeil le luchd-obrach:

- Cùram dachaigh no cuideachadh san dachaigh a chur air dòigh
- Uidheamachd no atharrachaidhean sònraichte don dachaigh a chur air dòigh
- Dèiligeadh ri buidhnean eile m.e., dotairean-teaghlaich, luchd-obrach sòisealta, banaltraman-slàinte no
- cùram no faochadh gearr-ùine a chur air dòigh

Èiginn san Dachaigh

Tha na cùisean èiginn dachaigheil as cumanta far am faodar fòrladh sònraichte le pàigheadh a thoirt seachad air am mìneachadh gu h-ìosal. Chan eil an liosta shuidheachaidhean seo iomlan.

- Ann an èiginn dhachaigheil leithid droch thinneas no bàs cèile, dlùth chàirdean, no neach-eisimeil eile, thèid fòrladh sònraichte a thoirt seachad chan ann a-mhàin far a bheil an neach a chaochail no tinn dlùth-chàirdeach no na neach-eisimeil dlùth ach faodar cuideachd a thoirt seachad ann an cùisean eile, m.e., far a bheil dàimh stèidhichte eadar an neach-obrach agus an neach eile sa chùis, mar eisimpleir dàimh teaghlaich dlùth.
- Dh'fhaodadh gun gabh daoine ri bàs chuideigin ann an tòrr dhiofar dhòighean, agus sin a rèir an t-suidheachaidh, agus mar sin cha bhiodh e

expected to be granted are described below.

These circumstances are not exhaustive; nor should it be assumed that special leave will always be appropriate. In certain circumstances it may be more appropriate to consider flexible working arrangements as an alternative to granting special leave e.g., if the time off work is likely to be required on a prolonged or on-going basis

PAID SPECIAL LEAVE

Carers Leave

Special leave with pay may be available to staff who have regular and substantial responsibilities of care for someone with a long-term illness, frailty, or disability. Special leave may be granted to allow staff to:

- Organise homecare or help in the home
- Organise special equipment or adaptations to the home
- Deal with other agencies e.g., GP's, social workers, health visitors or
- Organise short term care or respite

Domestic Emergency or Crisis

The most common domestic emergencies for which special leave with pay may be granted are described below. These circumstances are not exhaustive.

- Domestic crisis such as the serious illness or death of a partner, close relative, or other dependant, however, special leave in such circumstances will be granted not only where the deceased or ill person is a close relative or dependant but may also be granted in other cases, e.g., where an established relationship occurred between the employee and the other person involved, for example a close family relationship.
- Reactions to bereavement may vary greatly according to individual circumstances and the setting of fixed

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT5

iomchaidh riaghailtean daingeann a stèidheachadh airson ùine dheth. Bu chòir dhut bruidhinn mun t-suidheachadh agad ris a' Mhanaidsear Sgiobachd agus cuiridh iadsan air dòigh ùine dheth a tha freagarrach leis a' Mhanaidsear os do chionn. Gheibhear ùine dheth nuair a bhàsaicheas cuideigin a rèir nan riaghailtean a leanas:

- Suas gu còig latha le pàigheadh aig a' char as fhaide nuair a bhàsaicheas cuideigin ris a bheil thu dlùth chàirdeach (me, cèile/companach, athair/màthair/neach-cùraim agus màthair/athair cèile, bràthair/piuthar agus bràthair/piuthar chèile, clann, seanairean is seanmhairean.
- Gheibhear aon latha dheth gu h-àbhaisteach gus a dhol gu tiodhlacadh cuideigin eile bhon teaghlach (me, antaidh, uncaill, co-oghaichean).
- Gus a dhol chun an tiodhlacaidh aig caraid no nàbaidh, dh'fheumadh tu ùine a ghabhail dheth gun phàigheadh no làithean saora/TOIL a chleachdadh.
- Cùram pàiste/cloinne aig àm tinneis: bu chòir fòrladh sònraichte pàighte a thoirt seachad airson a' chiad latha agus bu chòir ullachadh eile a dhèanamh airson a chòrr de na làithean, mar eisimpleir cùram a chur air dòigh no cleachdadh saor-làithean no fòrladh sùbailte.
- Briseadh a thig gun fhiosta air rèiteachaidhean cùram-cloinne airson neach-eisimeil: a-rithist bu chòir fòrladh sònraichte le pàigheadh a cheadachadh air a' chiad latha ann an suidheachadh èiginneach ris nach robh dùil agus bu chòir rèiteachaidhean eile a dhèanamh às dèidh sin a' gabhail a-steach cleachdadh saor-làithean no fòrladh sùbailte.
- Tachartas ris nach robh dùil le leanabh eisimeileach rè uairean na sgoile
- Cùram gearr-ùine aig an taigh de chèile, dlùth chàirdean, no neach-eisimeil eile
- Gadachd-taighe, milleadh, no ùpraid air seilbh

Mar as trice chan fhaighear fòrladh sònraichte pàighte nas fhaide na 5 latha obrach (pro rata airson luchd-obrach pàirt-ùine) ann an ùine 12 mìosan. Ach, thathar a' tuigsinn gum bi na suidheachaidhean far am faodar fòrladh pàighte a thoirt seachad ag atharrachadh a thaobh nàdar agus toinnteachd agus

rules for time off is therefore inappropriate. You should discuss your circumstances with your line manager. The framework for granting leave on compassionate leave is as follows;

- Maximum five days paid leave following the death of a close relative (e.g. spouse/partner, mother/father/guardian and mother-in-law/father-in-law, brother/sister and brother-in-law/sister-in-law, children, grandparents and grandchildren.
- One day would usually be given for attending the funeral of other relatives (e.g. aunts, uncles, cousins).
- Attendance at funerals of friends or neighbours would need to be taken as unpaid time off or taken as holiday/TOIL.
- Care of a child/ children during illness, paid special leave should be allocated for the first day and other arrangements made to provide cover for remaining days, for example arranging care or using holiday or flexi leave.
- Unexpected disruption or breakdown of childcare arrangements for a dependant, again paid special leave on the first day in an emergency unanticipated situation with other arrangements made including use of holiday or flexi leave
- Unexpected incident involving a dependent child during school hours
- Short-term care at home of a partner, close relative, or other dependant
- Burglary, damage, or disruption to property

Paid special leave will not normally exceed 5 working days (pro rata for part-time employees) in any 12-month rolling period. However, it is recognised that situations where paid leave may be granted will vary in their nature and

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT5

gum faodadh barrachd air aon tachartas èirigh ann an ùine ghoirid.

complexity and that more than one incident may arise in a short period of time.

Bu chòir a thoirt fa-near nach eil fòrladh sònraichte pàighte ri fhaighinn airson tachartasan àbhaisteach no ris an robh dùil leithid coinneamhan fiaclaireachd no meidigeach (tha seo a' toirt a-steach dol gu coinneamhan den leithid le luchd-eisimeil). Ach, far a bheil riatanas leantainneach ann a bhith a' frithealadh leigheas no coinneamhan gu cunbhalach thar ùine, faodar beachdachadh air fòrladh sònraichte. Ann an leithid de chùisean, faodar tuilleadh comhairle a shireadh bho Sheirbheisean Corporra.

It should be noted that paid special leave is not available for routine or anticipated events such as dental or medical appointments (this includes accompanying dependants to such appointments). However, where there is an on-going requirement to attend regular treatment or appointments over a period of time, special leave may be considered. In such cases, further advice can be sought from Corporate Services.

FÒRLADH SÒNRAICHTE NEO-PHÀIGHTE

Faodar fòrladh sònraichte gun phàigheadh a thoirt seachad a bharrachd air ùine sam bith de fhòrladh sònraichte pàighte. Is e an ìre as àirde de fhòrladh sònraichte pàighte agus gun phàigheadh a dh'fhaodadh a bhith air a bhuileachadh 30 latha ann an 12 mìosan sam bith: Suas ri 10 latha fòrladh sònraichte pàighte agus suas ri 20 latha fòrladh sònraichte gun phàigheadh.

UNPAID SPECIAL LEAVE

Unpaid special leave may be granted in addition to any period of paid special leave. The total maximum of both paid and unpaid special leave that may be granted is 30 days in any 12 month rolling period: Up to 10 days paid special leave and up to 20 days unpaid special leave.

Am measg nan suidheachaidhean eile far am faodar fòrladh sònraichte gun phàigheadh a thoirt seachad tha:

Other circumstances where special leave without pay may be granted include:

- Gus coimhead às dèidh clann eisimeileach rè saor-làithean sgoile
- Gus a dhol còmhla ri neach-eisimeil gu coinneamhan fiaclaireachd no meidigeach àbhaisteach/neo-èiginneach
- Ùine dheth airson imrich taighe air stèidh 'shaor-thoileach'
- To look after dependent children during school holidays
- To accompany a dependant to routine/non-emergency dental or medical appointments
- Time off to move home on a 'voluntary basis'

FÒRLADH SÒNRAICHTE AIR ADHBHAR NEO-DHACHAIGHEIL

Tha Fòrladh Sònraichte ri fhaighinn airson grunn adhbharan neo-dhachaigheil leithid:

SPECIAL LEAVE FOR NON-DOMESTIC PURPOSES

Special Leave is available for a range of non-domestic reasons such as:

- Seirbheis Diùraidh
- Trèanadh Fheachdan Glèidhte
- Gnìomhan Teasairginn Stèidhichte sa Choimhearsnachd
- Aimsir Gharbh
- Foghlam Adhartach is Leasachadh Pearsanta
- Seirbheis Phoblach Shaor-thoileach
- Jury Service
- Reserve Forces Training
- Community Based Rescue Activities
- Severe Weather
- Further Education & Personal Development
- Voluntary Public Service

Seisean Fosgailte Cuspair 5.1 PT5

- Adhbharan pearsanta
- Dleastanas Aonadh-ciùird
- Tachartasan spòrs
- Obair Shaor-thoileach

Bidh an uiread fòrladh sònraichte ag atharrachadh a rèir adhbhar is suidheachadh. Thoir fa-near nach toir an ion-roghnachd seo buaidh air còir an neach-obrach air fòrladh sònraichte pàighte mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd.

Gheibh gach neach-obrach aon latha sa bhliadhna airson obair shaor-thoileach, tha seo roghainneil agus chan eil e riatanach. Faodar fhathast làithean a bharrachd airson obair shaor-thoileach a shireadh bho mhanaidsearan-loidhne.

Faodar Fòrladh Sònraichte, le pàigheadh no gun phàigheadh, a thoirt seachad gus dèiligeadh ri diofar shuidheachaidhean neo-dhachaigheil. Feumaidh co-dhùnaidhean mu bhith a' ceadachadh iarrtasan airson fòrladh sònraichte agus an uiread fòrladh shònraichte a tha iomchaidh beachdachadh air suidheachaidhean fa-leth agus feumalachdan na buidhne. Airson tuilleadh stiùiridh air na cùisean fòrlaidh shònraichte gu h-àrd, cuir fios gu Seirbheisean Corporra.

FAR AM FEUMAR FÒRLADH SÒNRAICHTE A CHEADACHADH

Ged a tha e an urra ri manaidsearan-loidhne, ann an co-bhonn ris a' mhanaidsear-loidhne aca fhèin, beachdachadh air iarrtasan airson fòrladh sònraichte, tha suidheachaidhean ann far am feumar fòrladh sònraichte a thoirt seachad. Ach, tha crìochan air an uiread fòrladh sònraichte pàighte a thèid a thoirt seachad. Airson tuilleadh stiùiridh cuir fios gu Seirbheisean Corporra.

Tha iad seo a' gabhail a-steach:

- A' frithealadh cùirt mar neach-diùraidh
- A' frithealadh cùirt ann an riochd phrìobhaideach mar neach-fianais (a' toirt a-steach constabalan sònraichte) ann an imeachdan eucorach no aig Rannsachadh Tubaist Mharbhtaich
- A' frithealadh aig buidheann oifigeil sam bith eile mar fhianais no ann an riochd eile ri linn obair an neach-obrach
- Obair shaor-thoileach aig a bheil taic na

- Personal Purposes
- Trade Union Duties
- Sporting Events
- Volunteering

The amount of special leave varies dependent upon the reason or circumstance. Please be aware that this eligibility does not impact on the employee's entitlement to paid special leave as detailed above.

Each member of staff is granted one day per year for volunteering, this is optional and not mandatory. Additional days for volunteering may still be sought from line managers.

Special Leave either paid or unpaid, may be granted to cover non-domestic situations. Decisions about whether to approve applications for special leave and the amount of leave which is appropriate will consider individual circumstances and the needs of the organisation. For further guidance on any of the above types of special leave please contact Corporate Services.

WHERE SPECIAL LEAVE MUST BE APPROVED

Whilst line managers, in liaison with their line manager, are responsible for considering requests for special leave, there are certain circumstances where special leave must be granted. However, there are limits to the amount of paid special leave granted. For further guidance please contact Corporate Services.

These include:

- Attending court as a juror
- Attending court in a private capacity as a witness (including special constables) in criminal proceedings or at a Fatal Accident Inquiry
- Attendance at any other official body as a witness or in another capacity in the course of the employee's employment
- Employee supported volunteering,

- companaidh, gnìomhan saor-thoileach, teasairginn stèidhichte sa choimhearsnachd
- Trèanadh Fheachdan Glèidhte
 - Riochdairean Slàinte is Sàbhailteachd
 - Dleastanas Aonadh-ciùird
 - Coileanadh Dleastanas Poblach

- voluntary activities, community-based rescue
- Reserve Forces Training
 - Health & Safety representatives
 - Trade Union Duties
 - Undertaking of Public Duties

7 Buaidh air teirmichean is cumhaichean luchd-obrach

Mar as trice cha toir amannan fòrladh sònraichte pàighte buaidh sam bith air teirmichean is cumhaichean seirbheis neach-obrach. Ach, cha bhi amannan fòrladh sònraichte gun phàigheadh a' cunntadh mar sheirbheis cunntachail airson fòrladh bliadhna, pròbhadh, riaghladh coileanadh no adhbharan peinnsein. Ged nach bi fòrladh sònraichte gun phàigheadh a' tional shochair, thèid an fheadhainn a tha air an tional mar-thà a ghleidheadh agus thèid togail orra nuair a thilleas an neach-obrach a dh'obair. Airson fòrladh sònraichte gun phàigheadh bidh buaidh air na pàigheadhean Àrachas Nàiseanta aca cuideachd. Airson tuilleadh fiosrachaidh a thaobh seo cuir fios gu loidhne cuideachaidh na buidheann tabhartasan NI: 0300 200 3500. Tha teirmichean is cumhaichean eile leithid gun a bhith a' gabhail ri dreuchdan taobh a-muigh agus gnìomhan poilitigeach msaa fhathast buntainneach rè fòrladh sònraichte.

Effects on employees' terms and conditions

Periods of paid special leave will not normally have any effect on an employee's terms and conditions of service. However, periods of unpaid special leave will not count as reckonable service for annual leave, probation, performance management and pension purposes. Although unpaid special leave does not accrue benefits, those already accumulated will be preserved and built upon when the employee returns to work. For periods of unpaid special leave their National Insurance payments will also be affected. For further information regarding this please contact NI contributions agency help line: 0300 200 3500. Other terms and conditions such as not accepting outside appointments and political activities etc continue to be applicable during all periods of special leave.

8 Diùltadh iarrtais

Ma tha neach-obrach a' creidsinn gun deach an t-iarrtas aca airson ùine dheth air adhbharan pearsanta a dhiùltadh gu mì-reusanta, bu chòir seo a thogail le Seirbheisean Corporra (corporra@gaidhlig.scot, a tha dùinte don Cheannard agus Manaidsear Gnìomhan).

Mura h-eil an neach-obrach riaraichte leis an fhreagairt, faodar modh gearain na Companaidh a chleachdadh airson fuasgladh foirmeil.

Refusal of a request

An employee who is concerned their request for time off for personal reasons was unreasonably denied should raise this with Corporate Services (corporra@gaidhlig.scot, access to the mailbox is limited to the Ceannard and Operations Manager).

If the employee is not satisfied with the response, the Company's grievance procedure may be used for a formal resolution.

9 Còir agus cumhaichean shaor-làithean

Tha còir shaor-làithean bhliadhna luchd-obrach air a nochdadh anns an Aithris fa leth aca air na Prìomh

Holiday entitlement and conditions

Employees annual holiday entitlement is shown in their individual Statement of

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT5

Chumhachan Cosnaidh (Foirm SMT).

Tha e na phoileasaidh againn a bhith a' brosnachadh luchd-obrach gus an còir fòrladh bhliadhnail aca gu lèir a ghabhail. Cha tèid pàigheadh sam bith a dhèanamh a thaobh saor-làithean nach deach a ghabhail ach a-mhàin ma thig an obair gu crìch.

Feumaidh luchd-obrach am foirm iarrtas saor-làithean a lìonadh tro ghnìomh HR air-loidhne Bòrd na Gàidhlig agus feumaidh am Manaidsear-loidhne seo aontachadh mus dèanar ullachadh saor-làithean deimhinnte.

Mar as trice bithear a' riarachadh saor-làithean air stèidh "mar a thig iarrtas" mar as trice agus a' dèanamh cinnteach gu bheil èifeachdas obrachaidh agus ìrean luchd-obrach iomchaidh air an cumail suas tron bhliadhna.

Bu chòir do luchd-obrach co-dhiù dà uiread na h-ùine fòrlaidh a chaidh iarraidh a thoirt seachad mar rabhadh gu bheil dùil aca fòrladh bliadhnail a ghabhail, mar sin, feumar rabhadh dà sheachdain airson saor-làithean seachdain.

Mar as trice chan fhaod luchd-obrach barrachd air dà sheachdain obrach a ghabhail an dèidh a chèile, mura h-aontaich am Manaidsear-loidhne aca.

Bidh pàigheadh saor-làithean luchd-obrach aig a' phàigheadh bhunasach àbhaisteach mura h-eilear ag innse a chaochlaidh anns an Aithris air na Prìomh Chumhachan aca.

Feumaidh luchd-obrach làithean gu leòr a ghlèidheadh bhon chòir bhliadhnail aca airson àm dùnaidh sam bith, agus gheibh iad fios reusanta mu sin. Mura h-eil luchd-obrach air còir saor-làithean a thional airson na h-ùine seo, gheibh iad fòrladh gun phàigheadh.

LÀITHEAN POBLACH/BANCA

Tha còir luchd-obrach air saor-làithean poblach/banca air a nochdadh anns an Aithris fa leth aca air na Prìomh Chumhachan Cosnaidh.

A' FÀS TINN RÈ ÙINE DE SHAOR-LÀITHEAN

Main Terms of Employment (Form SMT).

It is our policy to encourage employees to take all of their annual leave entitlement. No payment in lieu will be made in respect of untaken holidays other than in the event of termination of employment.

Employees must complete the holiday request form through Bòrd na Gàidhlig online HR function and have this approved by their Line Manager before making any firm holiday arrangements.

Holiday dates will normally be allocated on a "first come - first served" basis whilst ensuring that operational efficiency and appropriate staffing levels are maintained throughout the year.

Employees should give at least twice the period of leave requested as notice of intention to take annual leave i.e., two weeks' notice is required for one week's holiday.

Employees may not normally take more than two working weeks consecutively, unless agreed by their Line Manager.

Employees holiday pay will be at their normal basic pay unless shown otherwise on their Statement of Main Terms.

Employees are required to reserve sufficient days from their annual entitlement to cover any shut-down period, of which they will be given reasonable notice. If employees have not accrued sufficient holiday entitlement to cover this period they will be given unpaid leave of absence.

PUBLIC/BANK HOLIDAYS

Employees entitlement to public/bank holidays is shown in their individual Statement of Main Terms of Employment.

FALLING ILL DURING A PERIOD OF ANNUAL LEAVE

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT5

Ma dh'fhàsas tu tinn rè ùine de shaor-làithean bliadhnail faodaidh tu taghadh am bu chòir dèiligeadh ri ùine an tinneis mar neo-làthaireachd tinn no mar shaor-làithean bliadhnail. Ma tha thu airson gum bi an ùine tinneis air a làimhseachadh mar neo-làthaireachd tinn feumaidh tu na modhan riaghlaidh neo-làthaireachd àbhaisteach a leantainn agus innse don mhanaidsear loidhne agad air a' chiad latha den tinneas agad no, far nach eil sin comasach, cho luath sa ghabhas às dèidh sin. Thèid do neo-làthaireachd an uairsin a chlàradh mar neo-làthaireachd tinn (seach fòrladh bliadhnail). Ann an suidheachaidhean sònraichte dh'fhaodadh gum bi feum air fianais a bharrachd de thinneas.

If you fall ill during a period of annual leave, you can choose whether the period of illness should be treated as sick absence or as annual leave. If you wish the period of illness to be treated as sick absence you must follow the normal absence management procedures and inform your line manager on your first day of illness or, where that is not practicable, as soon as possible thereafter. Your absence will then be recorded as sick absence (rather than annual leave). In certain circumstances additional evidence of sickness may be required.

10 Measadh Buaidh air Co-ionannachdan

Tha Bòrd na Gàidhlig ag aithneachadh a dhleistanais a bhith a' dèanamh cinnteach nach eil leth-bhreith no ana-cothrom air duine air sgàth aois, cioram, ath-shònrachadh gnè, pòsadh agus com-pàirteachas catharra, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè no taobhadh feise.

Chaidh am poileasaidh Fòrlaidh a chur tro Mheasadh Buaidh Co-ionannachd gus co-ionannachd a chur an comas.

Equality Impact Assessment

Bòrd na Gàidhlig recognises its responsibility to ensure that no-one is discriminated against or disadvantaged on the grounds of age, disability, gender reassignment, marriage and civil partnership, pregnancy and maternity race, religion or belief, sex, or sexual orientation.

The Leave policy has been screened through an Equality Impact Assessment to enable equality.

Seisean Fosgailte
Cuspair 5.1 PT5**10. Smachd Sgrìobhainn/Document Control**

Dreach <i>Version Number</i>	Adhbhar/Atharrachadh <i>Purpose/Change</i>	Ùghdar <i>Author</i>	Ceann-là <i>Date</i>



A' freagairt ri	A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-latha na Coinneimh	06/02/2024
Àite:	Air-loidhne
Nì a' Chlàir-ghnothaich	6.1

Tìotal a' Phàipeir	Plana obrach na Comataidh	
Moladh do Bhuill	Ri Aontachadh	
Neach labhairt:	Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard	
Cùrsa Riaghlachais airson na h-Aithris	Ceann-latha na Coinneimh	Seòrsachadh na h-Aithris
-	-	-
Pàipear-taice air a cheangal ris	PT1 Plana-obrach 2023/24 PT2 Plana-obrach 2024/25	
1.0	Adhbhar	
1.1	Gus prògram-obrach na Comataidh aontachadh	
2.0	Cùl-fhiosrachadh	
2.1	Tha prògram-obrach aig an dà Chomataidh agus aig a' Bhòrd-stiùiridh aig BnG. Tha iad feumail ann am planadh agus ann an dearbhadh gun tèid na cuspairean iomchaidh is cunbhalach air beulaibh choinneamhan.	
3.0	Prìomh Aithris/Fiosrachadh	
3.1	Tha am prògram stèidhichte air gnàth-riaghailtean na Comataidh, agus air na thachair am-bliadhna. Tha am plana obrach airson 2024/25 an urra ri atharraichean agus thèid atharraichean sam bith a thaisbeanadh don Chomataidh. Tha seo air sgàth 's gu bheil an dùil ri Plana Chorporra ùr agus bheir seo buaidh air obair Bhòrd na Gàidhlig.	
4.0	Moladh	
4.2	Aonta a chur ris a' phlana obrach airson 2024/25.	
5.0	Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach	
5.1	Buidhean air Ionmhas Chan eil buaidh ann.	
5.2	Buidhean air Luchd-obrach Bidh am plana obrach a' toirt stiùir dhan sgioba air an obair a tha a dhìth airson aithisgean a chur chun na Comataidh.	
5.3	Buidhean air Trèanadh Chan eil buaidh ann.	
5.4	Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachdail agus Corporra Tha am pàipear seo a' cur ris an amas gun cùm Bòrd na Gàidhlig air a' leasachadh nan dòighean-obrach aige.	
5.5	Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	

Seisean Fosgailte : Open Session
Cuspair 6.1

AR N-ADHBHAR		AR LUACHAN	
Fòcas air a bhith a' cruthachadh dùthaich nas soirbheachaile le cothroman do dh'Alba air fad soirbheachadh tro bhith a' cur ri sunnd, agus ri fàs eaconamach seasmhach agus in-ghabhalach		'S e comann-sòisealta a th' annainn a tha a' dèiligeadh ri ar sluagh le caoimhneas, urram agus co-fhaireachdainn, a' toirt spèis do riaghladh an lagha, agus a tha ag obair ann an dòigh a tha fosgailte agus follaiseach	
AR LUACHAN BUILEAN NÀISEANTA			
Còraichean daonna	<input type="checkbox"/>	Clann	<input type="checkbox"/>
Cultar	<input type="checkbox"/>	Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>
Àrainneachd	<input type="checkbox"/>	Bochdainn	<input type="checkbox"/>
Slàinte	<input type="checkbox"/>	Eadar-nàiseanta	<input type="checkbox"/>
Foghlam	<input type="checkbox"/>	Eaconamaidh	<input type="checkbox"/>
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach		<input checked="" type="checkbox"/>	
5.6	Buaidhean air Cliù Tha e cudromach do chliù na buidhne gu bheil siostaman ann a bhios a' dearbhadh gu bheil deagh riaghlaidh aig a' bhuidhinn.		
5.7	Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd Chan eil buaidh air slàinte is sàbhailteachd		
5.8	Buaidhean Laghail Bidh am plana obrach a' cur ri coileanadh nan dleastanasan reachdail agus deagh riaghlaidh aig BnG.		
5.9	Buaidhean air Co-ionannas Cha bhi buaidh air co-ionannas		
5.10	Buaidhean air an Àrainneachd Cha bhi buaidh air an àrainneachd.		

Seisean Fosgailte

Cuspair 6.1 PT1

Plana Obrach Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 2023/24		Cèitean	Sultain	Samhain	Gearran
		09/05/2023	05/09/2023	07/11/2023	06/02/2024
Puingean Stèidhichte	Cùisean Tòiseachaidh/Fàilte	√	√	√	√
	Geàrr-chunntas na coinneamh mu dheireadh	√	√	√	√
	Clàr gnìomhan	√	√	√	√
	Plana-obrach na Comataidh	√	√	√	√
	Lèirmheas air a' choinneamh	√	√	√	√
	Taisbeanadh	√	√	√	√
	Fios mun Lionra Oifigearan Gàidhlig		√	√	√
Deagh Riaghladh	Poileasaidhean Daonna	√	√	√	√
	Suirbhidh Luchd-obrach		√		
	Ro-innleachd ICT		√	√	√
	Ùrachadh Bun-Riaghailtean na Comataidh	√			
	Èifeachdas na Comataidh		√		
	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh	√			
	Dàta Daonna	√			
	Slàinte is Sàbhailteachd	√			
	Sgrùdadh Ràitheil den PCC 22/23	√			
	Sgrùdadh Ràitheil den PCC 23/24		√	√	√
	Plana Corporra				
Ionmhas	Aithisg Ràitheil air Ionmhas	√	√	√	√
	Tabhartasan eadar £50,001 agus £100,000	√	√	√	√
	Plana Ionmhas Meadhan-ùine		√		
	Buidseat Bliadhnail				√
	Aithisg Bliadhnail air Solarachadh	√			
Cleachdadh	Planaichean Gàidhlig	√	√	√	√
	Prìomhachasan Ro-innleachdail	√	√	√	√
	Adhartas nam Prìomh Buidhnean Lìbhrigidh				√
	Molaidhean Taic-airgid nam prìomh buidhnean				√
Ionnsachadh	Àireamhan foghlam - clann is inbhich				√
	Àireamhan luchd-teagaisg ùra & oileanaich teagaisg			√	
	Adhartas air fòghlaim àrd-sgoile	√		√	√
	Adhartas air a' trusadh agus a' gleidheadh luchd-teagaisg	√			√
Puingean Ad-hoc	Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh	√			
	Còd Ghiùlain				
	Pannal nam Planaichean			√	

Seisean Fosgailte
Cuspair 6.1 PT2

Plana obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 2024/25

		Cèitean	Sultain	Samhain	Gearran
		07/05/2024	10/09/2024	05/11/2024	11/02/2025
Puingean Stèidhichte	Cùisean Tòiseachaidh/Fàilte	√	√	√	√
	Geàrr-chunntas na coinneamh mu dheireadh	√	√	√	√
	Clàr gnìomhan	√	√	√	√
	Plana-obrach na Comataidh	√	√	√	√
	Lèirmheas air a' choinneamh	√	√	√	√
	Taisbeanadh	√	√	√	√
	Fios mun Lìonra Oifigearan Gàidhlig	√	√	√	√
Deagh Riaghladh	Poileasaidhean Daonna	√	√	√	√
	Suirbhidh Luchd-obrach		√		
	Ro-innleachd ICT		√		
	Ùrachadh Bun-Riaghailtean na Comataidh	√			
	Èifeachdas na Comataidh		√		
	Aithisg Bhliadhnail na Comataidh	√			
	Dàta Daonna	√			
	Slàinte is Sàbhailteachd	√			
	Sgrùdadh Ràitheil den PCC 24/25		√	√	√
	Plana Corporra		√		
Ionmhas	Aithisg Ràitheil air Ionmhas	√	√	√	√
	Tabhartasan eadar £50,001 agus £100,000	√	√	√	√
	Buidseat Bliadhnail agus Plana Ionmhas Meadhan-teirm				√
	Aithisg Bliadhnail air Solarachadh	√			
Cleachdadh	Planaichean Gàidhlig	√	√	√	√
	Prìomhachasan Ro-innleachdail	√	√	√	√
	Adhartas nam Prìomh Buidhnean Lìbhrigidh				√
	Molaidhean Taic-airgid nam prìomh buidhnean				√
Ionnsachadh	Prìomh fiosrachadh as ùr air Foghlam Gàidhlig	√	√	√	√
Puingean Ad-hoc	Buaidh bho thaic BnG air obair òigridh	√			